

NatureScot Annual Report and Accounts

NàdarAlba Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan

2021/22



NatureScot
NàdarAlba

Scotland's Nature Agency
Buidheann Nàdair na h-Alba

'S e NàdarAlba an t-ainm obrachaidh aig Dualchas Nàdair na h-Alba.
Bu chòir gabhail ri gach iomradh air NàdarAlba mar iomradh air Dualchas Nàdair na h-Alba ann an seadh laghail.



Brù-dhearg (*Erithacus rubecula*) ann
an gàrradh sneachdach.

Clàr-innse

Aithisg Dèanadais

| | |
|--------------------------------|----|
| Facal-toisich | 6 |
| Àrd-shealladh Dèanadais | |
| Mu dheidhinn NàdarAlba | 7 |
| Ar Ro-innleachd | 8 |
| Ar Cuid Dèanadais | 10 |
| Geàrr-chunntas Ionmhais | 15 |
| Prìomh Chunnartan | 16 |

Sgrùdadh Dèanadais

| | |
|------------------------------------------------------------------------|----|
| Dèanadas an coimeas ri Prìomhachasan | 18 |
| Dèanadas an coimeas ri ar planaichean corporra is gnìomhachais 2021/22 | 19 |
| Cunnartan agus Teagamhan | 36 |
| A' coimhead Air Adhart 's Planaichean Ri Teachd | 37 |
| Geàrr-chunntas ionmhasail, àrainneachdail 's sòisealta | 39 |
| Òrdughan Glèidhteachais Nàdair sa bhliadhna gu 31 Màrt 2022 | 46 |

Accountability Report

| | |
|------------------------------------------|----|
| Corporate Governance Report | 48 |
| Remuneration and Staff Report | 58 |
| Parliamentary Accountability Disclosures | 69 |
| Independent Auditor's Report | 71 |

Primary Financial Statements and Notes

| | |
|--------------------------------------------|-----|
| Statement of Comprehensive Net Expenditure | 76 |
| Statement of Financial Position | 77 |
| Statement of Cash Flows | 78 |
| Statement of Changes in Taxpayers' Equity | 79 |
| Notes to the Accounts | 80 |
| Accounts Direction | 104 |



Aithisg Dèanadais



Tearmann Nàdair Nàiseanta
Beinn Eige

Facal-toisich

Tha sinn uile air buannachd nàdair fhaicinn, a' toirt sòlas dhuinn rè lèir-sgaoileadh Covid-19. 'S cinnteach gu bheil an ceangal againn ri nàdar air neartachadh tron ùine seo. Nuair a chuir sinn romhainn ann an 2018 gun dèanadh sinn ceangal eadar daoine 's nàdar, chan fhaiceadh sinn aig an àm cho fìor chudromach 's a bhiodh an rùn sin aig a' cheann thall.

Mar a thionndaidheas sinn dhan ath-ìre den mhisean againn, tha cùis-èiginn eile mu ar coinneamh, tè a th' air a bhith againn greis agus ris am feum sinn dèiligeadh ann an cabhag ma tha sinn a' dol a shoirbheachadh ann an Alba.

'S e tha dhith ach dòigh gu tur ùr air nàdar a dhìon 's a leigheas 's airson spèis a chur air ann an Alba. A dh'aindeoin nan oidhirpean 's an deagh rùn a bh' aig mòran, tha Alba air nàdar fhàiligidh. Tha an dàta ga dhearbhadh. Tha am Plana Corporra ùr againn airson nam bliadhnaichean 2022-26 - Nàdar beairteach dhuinn uile - a' cur an cèill misean NàdarAlba airson aghaidh a chur air seo.

Gu simplidh, tha nàdar ann an cruaidh-chàs ann an Alba. Còmhla ri cùis-èiginn na gnàth-shìde, tha sinn a' sùileachadh oidhirp nàiseanta airson nàdar a shàbhaladh air chor 's gun seas sinn ris na thig thugainn san àm ri teachd 's gum bi comas againn soirbheachadh. Nì sinn seo le obair com-pàirteachais air feadh na h-Alba airson na th' againn a dhìon 's stad a chur air a' chrionadh uabhasach an cois bith-iomadachd na h-Alba. Cuiridh sin air an t-slighe sinn gu ath-shlànachadh, agus bith-iomadachd ath-ùrachadh ro 2045. Cruthaichidh sinn na cumhachan cearta ann an Alba airson ath-bheòthachadh nàdair 's a h-uile duine a' toirt barrachd spèis dha.

Mar sin dheth 's misean sònraichte a th' ann dhuinn tasgadh ann an nàdar a thoirt am meud, an dà chuid san roinn phoblaich 's phrìobhaidich. Mur an tig an tasgadh sin gu buil agus gum fàillig sinn air nàdar a dhìon 's a leigheas ann an dòigh bhrìoghmhor sam bith, tha sinn den bheachd nach ruig An Ro-innleachd Nàiseanta air Cruth-atharrachadh Eaconomach aig Riaghaltas na h-Alba air a' phrìomh amas aige air eaconomaidh soirbheis a libhrigeadh.

Tha an aithisg bhliadhnail seo do 2021/22 na fianais air mar a tha a h-uile duine aig NàdarAlba ag obair air na h-amasan fad-ùineach seo. 'S fhiach iomradh a thoirt air dà thachartas sònraichte. Anns an t-Sultain 2021 dhearbhaich Riaghaltas na h-Alba am Prògram Riaghaltais aige. Bha seo na thoradh air Aonta Taigh Bhòid. Tha an t-Aonta air spionnadh a chur ann am poileasaidh poblach airson a dhol am bad cùis-èiginn nàdair. Tha e air dùilean a thogail gun luathraich an t-astar aig an cuirear an aghaidh call bith-iomadachd. 'S e prìomhachas NàdarAlba a th' ann ceumannan poileasaidh a' Phrògram Riaghaltais a thoirt gu buil.

Bha Co-labhairt nam Partaidhean 26 (COP26) na cothrom mòr do dh'Alba a cuid ceannais air dèiligeadh ri cùis-èiginn na gnàth-shìde a thaisbeanadh. Chuir NàdarAlba cuideam air ceangal a nochdadh eadar cùisean-èiginn na gnàth-shìde 's nàdair ann an inntinnean muinntir na h-Alba. An cois seo bha sinn a' neartachadh cho cudromach 's a tha fuasglaidhean nàdarra mu choinneamh cothromachadh carboin. Thug fuasglaidhean leithid an obair againn air ath-bheòthachadh mòintich deagh spionnadh dha chòmhruidhean aig a' chruinneachadh ann an Glaschu.

Tha sinn air ar cuid ghnìomhan a choileanadh gu math tro 2021/22 is sinn fhathast a' dèanamh adhartas air prìomhachas a' Phlana Corporra againn a dh'aindeoin dùbhlannan Covid-19. Chaidh seo a choileanadh tro dhealas, dìorras agus eòlas nan co-obraichean againn air feadh na buidhe. 'S iad a' mhaoin as cudromaiche againn agus tha sinn nan taing airson freagairt air na dòighean-obrach ùra againn a thàinig a-steach ri linn an lèir-sgaoilidh.

Tha leantainneach eadar an t-seann Phlana Corporra agus am fear a tha sinn a' toirt gu buil an-dràsta. Tro ar cuid ceannardais 's cumhachd tha sinn a' strì gus nàdar na h-Alba a leigheas 's a leasachadh agus gun toir daoine spèis dha. Tha an obair againn a' neartachadh a' phrionnsabail shoilleir gu bheil atharrachadh na gnàth-shìde 's call bith-iomadachd nan dà chùis-èiginn a tha ceangailte gu dlùth ri chèile, agus gu bheil sinn fhin nar pàirt de nàdar. Ma chùmas sinn uile gu dlùth ris na prionnsabalan seo bithear an dùil 's an dòchas gun tig nàdar beairteach dhuinn uile.



Mike Cantlay,
Cathraiche



Francesca Osowska,
Àrd-oifigear

Àrd-shealladh Dèanadais

Mu dheidhinn NàdarAlba

Tha NàdarAlba na bhuidheann phoblach neo-roinneil a tha cunntachail do Mhinistearan na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba. 'S e ar n-obair reachdail:

- Glèidheadh agus neartachadh nàdair agus na h-àrainneachd;
- Brosnachadh tuigse air agus adhbharachadh tlachd à nàdar agus an àrainneachd;
- Solarachadh comhairle air cleachdadh is stiùireadh seasmhach nàdair agus na h-àrainneachd;
- Cur ri glèidhteachas agus stiùireadh seasmhach nam fiadh ann an Alba.

Bidh sinn ag obair ann an com-pàirteachas, tro cho-obrachadh, co-rèiteachadh agus co-aontachadh, leis a h-uile ùidh iomchaidh ann an Alba, le buidhnean is daoine poblach, priobhaideach is saor-thoileach. Bidh sinn a' co-roinn nan dleastanasan obrach againn, a' co-roinn dèanamh cho-dhùnaidhean gu ìre ionadail, agus a' leigeil leis a' bhuidhinn againn a bhith so-ruigsinneach, tuigseach agus freagarrach do dh'fheuman is suidheachaidhean ionadail. Tha sinn ag obair gu fosgailte agus gu cunntachail anns a h-uile rud anns a bheil sinn an sàs.

Tha na luachan buidhne againn a' leigeil leinn ar cuid amasan a choileanadh agus a' cur an cèill ciamar a tha sinn ag obair leis na co-obraichean agus com-pàirtichean againn:

- Bidh sinn a' conaltradh gu soilleir agus gu h-onorach;
- Bidh sinn ag èisteachd ri agus a' cur luach ann am beachdan dhaoine eile agus bidh sinn a' dèiligeadh leis a h-uile duine gu modhail;
- Bidh sinn ag iarraidh air daoine an dicheall a dhèanamh;
- Bidh sinn a' coileanadh na bhios sinn a' gealltainn;
- Bidh sinn dèanadach agus deònach atharrachadh;
- Bidh sinn ag obair còmhla is ag ionnsachadh bho chàch a chèile.

Tha ar n-Aithisg Bhliadhnail airson 2021/22 ga taisbeanadh ann an trì pàirtean:

- An **Aithisg Dèanadais** - anns a bheil sealladh farsaing 's geàrr-chunntas agus an uair sin sgrùdadh anns am faighear barrachd fiosrachaidh. Tha an aithisg a' cur an cèill ar prìomh amasan, ro-innleachdan agus prìomh chunnartan agus geàrr-chunntas air dèanadas tron bhliadhna;
- An **Aithisg Cunntalachd** - a' gabhail a-steach prìomh aithrisean agus aithisgean a tha a' cur an cèill mar a choileanas NàdarAlba feumalachdan cunntalachd agus gèilleadh do dheagh riaghlachas corporra;
- Na **Prìomh Aithrisean Ionmhais** - a' gabhail a-steach nan Cunnartasan Bliadhnail airson 2021/22.

Ar Ro-innleachd

Tha ar Plana Corporra 2018-22 'A' Ceangal Dhaoine agus Nàdar' a' cur an cèill ceithir builean a chuidicheas ri dùthaich nas uaine, nas fhallaine 's nas beairtiche a chruthachadh do mhuintir na h-Alba:

- Tha barrachd dhaoine air feadh na h-Alba a' faighinn tlachd is buannachd à nàdar;
- Slàinte agus seasmhachd nàdar na h-Alba gan toirt am feabhas;
- Barrachd ga mhaoineachadh ann an calpa nàdarra na h-Alba is a liubhairt airson soirbheachas is slàinte a thoirt am feabhas;
- Tha sinn air na dòighean-obrach againn atharrachadh gu tur.

Tha structar-eagrachais NàdarAlba stèidhichte air na ceithir builean seo airson na h-aithisg-sa.

Tha na builean seo a' cumail taic ri libhrigeadh an dà phrìomhachais ro-innleachdail a chìthear ann anns a' Phlana Ghnìomhachais againn do 2021/22, *Bliadhna a Ceithir A' Ceangal Dhaoine agus Nàdar*. Is iad:

A' Neartachadh Bith-iomadachd

'S e cunnart eadar-nàiseanta thar iomadh ginealach a th' ann an call bith-iomadachd do shlàinte mhic-an-duine agus slàinte na cruinne. Tha dìth ceangail le nàdar agus an dòigh nach eil spèis ga toirt dha nàdar an lùib cho-dhùnaidhean air cùl a' ghàbhaidh seo. Tha sinn a' freagairt ris na prìomh adhbharan an lùib call bith-iomadachd nar cuid obrach – atharrachadh dòighean cleachdaidh na talmhainn is na mara, atharrachadh na gnàth-shìde, a' gabhail dubh-bhrath air fàs-bheartan, gnèithean ionnsaigheach neo-dhùthchasach agus truailleadh.

Air Cheann Fhuasglaidhean Nàdarra mu choinneamh Atharrachadh na Gnàth-shìde

Tha atharrachadh na gnàth-shìde agus bith-iomadachd ceangailte gu dlùth ri chèile – tha atharrachadh na gnàth-shìde air aon de na prìomh adhbharan air cùl call bith-iomadachd, cho math ris na builean eile a leithid atharrachadh phàtranan sìde na cruinne agus sìde nas anabarrach na cois a leithid thuiltean a bharrachd. Bidh sinne air cheann is sinn a' cur air adhart cruth-atharrachadh an cois cleachdadh na talmhainn is na mara. Tha sinn air dòighean a leasachadh airson talamh mòintich, choilltean, talamh-feòir, bhoglaichean, ùirean, carbon gorm agus bun-structar uaine airson carbon a ghlacadh, airson freagairt ri atharrachadh na gnàth-shìde agus airson staid nàdair a neartachadh. Taobh a-staigh na buidhne, tha sinn air na sgaoilidhean carboin againn a lùghdachadh is sinn a' cur romhainn gun cuir sinn ri coileanadh cothromachadh carboin ro 2045.

Tha ar ro-innleachd a' tighinn a rèir Frèam Dèanadais Nàiseanta (NPF) Riaghaltas na h-Alba a chaidh ùrachadh ann an 2018. Bithear a' measadh adhartas air coileanadh Frèam Dèanadais Nàiseanta le 81 comharran nàiseanta. Bha aon toradh nàiseanta deug gan comharrachadh airson a chuid amasan a choileanadh. Tha sinn an sàs le bhith a' cur taic dhìreach gu còig de na toraidhean (gan sònrachadh gu h-ìosal) agus sinn a' cur ris a' chòrr dhuibh gu neo-dhìreach:



Ar Cuid Dèanadais

Tha aithisg bhliadhnail 's cunntasan NàdarAlba do 2021/22 a' toirt geàrr-chunntas air ar cuid dèanadais anns a' bhliadhna mu dheireadh den phlana chorporra againn do 2018 gu 2022 "A' Ceangal Dhaoine agus Nàdar". Ann an 2021/22 bha sùil gheàrr againn air gnìomhan a thilleadh call bith-iomadachd 's a leudaicheadh cleachdadh fhuasglaidhean nàdarra tro ath-bheòthachadh mòintich agus riaghladh na tìre 's na mara, cho-dhùnaidhean a chuireadh prìomhachas air dòighean-obrach calpa nàdarra, luathachadh a' ghluasaid againn fhìn gu cothromachadh carboin, seilbheachd ann an sgìlean stèidhichte air nàdar, agus brosnachadh cothrom air 's tlachd ann an nàdar airson ar cuid sunnd.

Bha lèir-sgaoileadh Covid-19 fhathast a' toirt buaidh mhòr ann an 2021/22. Thog sinn air ar cuid obrach bho 2020/21 's chùim sinn oirnn a' freagairt gu luath air na prìomh raoitean obrach sna planaichean 90-latha againn. Chuimsich am prògram leasachadh buidhne againn air dòighean-obrach ùra airson buidheann a tha nas sùbailte 's nas seasmhaich. Aig an aon àm, leasaich sinn am Plana Corporra ùr againn do 2022-26 ann an com-pàirteachas ri luchd-ùidhe taobh a-staigh 's taobh a-muigh na buidhne. Chuir an teicneòlas fiosrachaidh leasaichte againn an comas dhuinn seo uile a dhèanamh gu digiteach.

Ann an 2021/22 libhrig sinn maoineachadh a bharrachd am measg raon de sgìrean, eadar bun-structar bailteil airson càileachd, meud is so-ruigsinneachd bun-structar uaine a th' air a dheagh riaghladh a leasachadh ann an cuid de na sgìrean as easbhaidhich ann an Alba, dhan Mhaoin Leigheas Nàdair a tha a' leigheas fiadh-bheatha 's àrainnean air tìr 's aig muir. Mheudaich prògram Peatland ACTION a chuid taice, a' cuimseachadh leasachaidhean air slàinte eag-eòlach nam mòinteach air feadh na h-Alba a rèir ar targaidean nàiseanta air atharrachadh na gnàth-shìde. Thog a' mhaoin Àitichean Nas Fheàrr air a' mhaoin Slànachaidh Uaine a bh' againn roimhe airson taic a chumail ris a' cheangal leantainneach eadar daoine 's nàdar air feadh coimhearsnachdan na h-Alba. Chuidich i sàr àrainnean do dhaoine a dhol an sàs ann an nàdar air an stairsich aca fhèin no nas fhaide air falbh.

Tha sinn air geàrr-chunntas a thoirt air ar cuid adhartais mu choinneamh nan 10 prìomhachasan againn sa Phlana Ghnìomhachais 2021/22. Aig deireadh na bliadhna bha gach prìomhachas a rèir a' chlàir-ama no coileanta. Tha na prìomhachasan seo air an sgaradh eadar ceithir Builean agus tha barrachd fiosrachaidh air ar cuid dèanadais an cois gach prìomhachais (agus na slatan-tomhais a tha co-cheangailte riutha) anns an **Sgrùdadh Dèanadais** den aithisg.

Prìomh Fhiosrachadh is Fhigearan do 2021/22



Tabhartas cuimsichte de £29.8m fo Sgeama Àiteachais-Àrainneachd & na Gnàth-shìde agus Sgeamaichean airson Cothroman-inntrigidh Poblach A Leudachadh. Tha na sgeamaichean seo a' brosnachadh cleachdaidhean riaghladh fearainn a bhios a' dìon 's a' leasachadh nàdair 's bith-iomadachd agus a bhios a' cuideachadh le staranan ùra 's leasaichte don phoball.



Air cheann leasachadh 17.5 km de shlighean coiseachd is rothaireachd ùra. Mar phàirt de Lionra Coiseachd is Rothaireachd Nàiseanta broснаichidh na slighean ùra dòighean-siubhail gnìomhach aig a bheil buannachdan slàinte, cho math ri bhith a' freagairt ri atharrachadh na gnàth-shìde.



1,910 ceadan gan toirt seachad do 6 gnèithean 's àrainnean, fèidh, faoileagan 's falasgairean nam measg, airson cuideachadh ri gnèithean a tha gann is cugallach a dhìon, milleadh choilltean is àiteachais a chasg agus sàbhailteachd phobach a ghlèidheadh. Dhiùltadh no chuireadh às do 20 cead eile ann an 2021/22.



£2.6m a mhaoiniachadh a liubhairt gu soirbheachail airson suas ri 4,000ha de thalamh-mòine a leigheas tron phrògram Peatland ACTION airson cor nam boglaichean air feadh na h-Alba a leigheas is airson freagairt ri atharrachadh na gnàth-shìde.



Tron Phrògram Phileatach Nàiseanta air Calpa Nàdair ann an 2021/22 dh'obraich sinn còmhla ri buidheann de sheachd tuathanasan, 71 gnìomhachasan tuathanais gu lèir, agus chuir sinn £0.176m an seilbh stiùireadh do bhith-iomadachd 's atharrachadh na gnàth-shìde.



Thug a' Mhaoin Leigheas Nàdair còrr is £4.5m agus 58 pròiseactan gu buil airson fiadh-bheatha 's àrainnean air tìr 's aig muir air feadh na h-Alba a leigheas.



Libhrig sinn prìomh phàirtean den Fhrèam-obrach Leasachadh Buidhne againn a leudaicheas comasan ceannardais 's a chuireas ri sgioba-obrach a bhios nas seasmaich airson an t-àrd-amas againn do nàdar 's cruthan-tìre na h-Alba a thoirt gu buil.



Ann an 2021/22, chrìochnaich Ministearan na h-Alba lionra de Roinnean Dìon Sònraichte (SPA) na mara 's iad a' seòrsachadh Caolas Scapa agus Arcaibh a Tuath, stèidhichte air comhairle NàdarAlba. Tha meudachd de 529 cilemeatair ceàrnagach san dà SPA ùr agus bidh iad a' dìon eòin-imrich a tha tearc.



Chuireadh freagairt gu còrr is 528 iarrtasan planaigh agus thogadh 5 gearanan, a' cuideachadh ri dualchas nàdair na h-Alba a dhìon cho math ri bhith a' cur ri fàs seasmhach an eaconamaidh.



Chaidh prògram NàdarAlba airson cunntadh nam fiadh a chumail air feadh 390,275 Ha de mhonadh agus chaidh 44,847 fiadh a chlàradh. A thuilleadh air sin thug sinn mu 750 ceadan seachad airson buaidh nam fiadh a stiùireadh.



Thug Maoin Bun-structair Uaine ERDF taic luach £5.5m do 4 pròiseactan mòra a dh'fhosgail gu poblach ann an 2021/22. Mar thoradh air a' mhaoin bha làn-sheilbheachd de £17.5m anns na pròiseactan airson càileachd, meud 's so-ruigsinneachd bun-structar uaine a th' air a dheagh riaghladh a leasachadh ann an cuid de na sgìrean as easbhaidhich ann an Alba.



Thug Maoin nan Àitichean Nas Fheàrr £2.7m do 87 pròiseactan airson àireamh an luchd-tadhail a riaghladh agus a' bhuidheann air coimhearsnachdan ionadail 's an àrainneachd a lùghdachadh. Mhaoinich seo 127 maor-dùthcha a bharrachd, luchd-obrach ràitheil eile agus farsaingeachd de leasachaidhean ann am bun-structar luchd-tadhail.



£1.8m ga liubhairt tron treas chuibhreann de Mhaoin Dùbhlain Bith-iomadachd is maoineachadh a' dol gu 26 pròiseactan airson àrainnean a leigheas.

Buile 1: Tha barrachd dhaoine air feadh na h-Alba a' faighinn tlachd 's buannachd à nàdar

| Cor | Prìomhachas |
|-----|---------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| ✓ | Cuiridh NàdarAlba an coimeas gun aithnichear inbhe nàdair ann a bhith a' toirt cruth-atharrachadh air na h-àiteachan anns am fuirich daoine |
| ✓ | Bidh NàdarAlba a' brosnachadh 's a' cur taic ri cothroman air nàdar is tlachd a ghabhail às |

Buile 2: Slàinte 's seasmhachd nàdar na h-Alba gan toirt am feabhas

| Cor | Prìomhachas |
|-----|----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| ✓ | Cuiridh NàdarAlba airgead an seilbh ann an obair airson call bith-iomadachd a thilleadh agus co-stiùirichidh sinn Prògram Bith-iomadachd na h-Alba |
| ✓ | Cuiridh NàdarAlba taic ri cruth-atharrachadh ann an cleachdadh Fuasglaidhean Nàdarra do dh'atharrachadh na gnàth-shìde is duilgheadasan eile |

Clàr:

✓ Coileanta/a rèir a' chlàir-ama

✗ Cha do choileanadh adhartas mar a bha dùil ach gabhaidh ath-aiseag ann an 2022/23



Pàirc Coimhearsnachd Halfway

Buile 3: Barrachd ga mhaoineachadh ann an calpa nàdarra na h-Alba 's a liubhairt airson soirbheachas 's slàinte a thoirt am feabhas

| Cor | Prìomhachas |
|-----|-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| ✓ | Cuidichidh NàdarAlba le cleachdadh an fhearainn is na mara atharrachadh gu tur airson 's gun cuir e barrachd ri eaconamaidh soirbheadais an ama ri teachd |
| ✓ | Cuimsichidh NàdarAlba air dòighean / cunntasachd calpa nàdarra nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean |
| ✓ | Cuiridh NàdarAlba ri fàs 's eugsamhlachadh ionmhas uaine àrainneachdail |
| ✓ | Bidh NàdarAlba a' leasachadh airson beairteas nàdair san àm ri teachd, gu h-àraid ann an cosnadh òigridh |
| ✓ | Cuiridh NàdarAlba greasad air leigheas talamh-mòine tron Phrògram Peatland ACTION againn agus co-obrachadh ri càch |

Buile 4: Tha sinn air na dòighean-obrach againn atharrachadh gu tur

| Cor | Prìomhachas |
|-----|-------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| ✓ | Atharraichidh NàdarAlba mar bhuidheann airson 's gun seas sinn ri dùilean an ama ri teachd agus cuiridh sinn greasad air gluasad gu buidheann aig am bi sgaoilidhean carboin co-ionann ri neoni |


Clàr:

✓ Coileanta/a rèir a' chlàir-ama

✗ Cha do choileanadh adhartas mar a bha dùil ach gabhaidh ath-aiseag ann an 2022/23



Tachartas Bioblitz ann an Obar Dheathain. Clann 's an cuid teaghlaichean aig oir pàirce dirich anns a bheil allt ath-stiùirte agus measgachadh de dh'aitichean cluiche feadh an uillt, cuid dhiubh a tha gu math 'fiadhaich'.




Madaidhean-cuain (*Orcinus orca*)
a' sealg ròn far costa Shealtainn.

Geàrr-chunntas Ionmhais

Cosgais Lom an aghaidh Bhuilean

Tha cosgaisean lom roinnte thar nan ceithir builean airson amasan a' phlana chorpóra againn a thoirt gu buil. Tha barrachd fios air na chaidh a chosg thar nan ceithir builean ri fhaicinn anns an fhiosrachadh roinnte (**brath ionmhasail nota 3**).


Cosgais an aghaidh Bhuilean



- Tha barrachd dhaoine a' faighinn tlachd & buannachd à nàdar
- Slàinte & seasmhachd nàdar na h-Alba gan toirt am feabhas
- Barrachd ga mhaoineachadh ann an calpa nàdarra na h-Alba airson soirbheas 's sunnd a thoirt am feabhas
- Tha sinn air na dòighean-obrach againn atharrachadh gu tur


Teachd A-steach agus Ionmhas

Bidh NàdarAlba a' faighinn Tabhartas mar Chobhair bho Riaghaltas na h-Alba airson a' mhòr-chuid de ar cuid obrach a mhaoineachadh. Tha teachd a-steach bho thachartasan (**brath ionmhasail nota 6**), maoineachadh on taobh a-muigh (**brath ionmhasail nota 5, 8 agus 10**) agus maoineachadh an Aonaidh Eòrpaich (**brath ionmhasail nota 3**) a' toirt cothrom dhuinn pròiseactan co-obrachaidh a ghabhail os làimh is seirbheisean a cho-roinn. Tha fiosrachadh air fìor-iomlan an taca ris a' bhuidseat ga shealltainn ann an **Geàrr-chunntasan Ionmhais, Àrainneachd agus Sòisealta san aithisg air sgrùdadh dèanadais**.



Cosgaisean

Tha na cosgaisean luchd-obrach againn £29.7m (**brath ionmhasail nota 3**), 42% de bhuidseat Crìoch Cosgais Roinneil. Tha luchd-obrach NàdarAlba aig teis-meadhan ar n-obrach air fad, bitheadh e tro ghnìomhan dìreach no comhairleachadh 's a' cur taic ri buidhnean eile (**brath ionmhasail nota 9**). Tha cosgaisean obrachaidh (**brath ionmhasail nota 13**) a' riochdachadh raon cosgaisean an lùib ar n-amasan a choileanadh leithid tabhartasan, rannsachadh, stiùireadh Thèarmann Nàdair Nàiseanta agus aontaidhean stiùiridh. Tha na cosgaisean eile (**brath ionmhasail nota 12**) mar thoradh air cosgaisean obrachaidh na buidhne airson ar n-amasan a choileanadh.



Tha sinn a' dèiligeadh ri ar cuid chunnartan tro Chlàr Chunnartan Corporra. Tha seo a' dearbhadh gu bheil a' sgrùdadh nan cunnartan an cois a' chomais againn airson ar cuid obrach a libhrigeadh fad na bliadhna 's gan aithris gu cunbhalach don Sgioba Stiùiridh is don Bhòrd againn. Ann an 2021/22 bha seachd prìomh chunnartan againn a bha gam meas aig àrd-ìre no fìor àrd-ìre tron bhliadhna.

| Cunnart | Tuairisgeul |
|-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| Bhìoras Coimpiutair | Tha cunnart ionnsaighean ann fhathast agus dh'fhaodadh uireasbhaidh dìona no dòigh-cleachdaidh shiostaman mì-iomchaidh a bhith air galar a chur air siostaman NàdarAlba, a' fàgail nach biodh siostaman agus dàta rim faotainn no gum biodh iad coirb 's duilgheadasan mòra obrachaidh ann. Tha an sgioba tèarainteachd sìobair againn air obrachadh gu gnìomhach air seo tron bhliadhna le pròtacalan tèarainteachd làidir agus togail mothachaidh am measg luchd-obrach. |
| Libhrigeadh Sgeama Atharrachadh Gnàth-shìde Àiteachais-Àrainneachd (AECS) fo Chòrdadh a thaobh Ìre na Seirbheis (SLA) le Riaghaltas na h-Alba | Le cuairt shlàn AECS san amharc ann an 2022/23 bha cunnart na b' àirde ann nach biodh goireasan gu leòr ann airson dèiligeadh ris an tuilleadh iarrtais 's ìre na seirbheis a choileanadh. Mar thoradh, tron bhliadhna ghleus sinn ar goireasan airson barrachd comais a thoirt dhuinn san ùine ghoirid a thaobh an tuilleadh iarrtais ris an robh sinn an dùil. |
| Targaid 's buidseat leigheas talamh-mòine | Ri linn saoghail obraich toinnte 's side chaochlaideach a' gheamhraidh a' toirt buaidh air a' cheann-latha, dh'fhaodadh nach rachadh againn air ar targaid de heactairean air an leigheas a choileanadh no nach cosgadh sinn am buidseat gu lèir a th' againn. Thathar an dùil an cunnart seo a lùghdachadh sna bliadhnaichean ri teachd tro gheallaidhean air rèiteachadh thar iomadh bliadhna cho math ri dòighean-smachdachaidh làidir a chumas taic ri sgrùdadh is aithris leantainneach. |
| Riaghladh Fiadh-bheatha - A' Bhuaidh Againn air Luchd-ùidh | Tha sinn ag obair ann an com-pàirteachas ri luchd-ùidh eile airson amasan cumanta do dh'fhiadh-bheatha a choileanadh 's builean fiadh-bheatha 's nàdair a choileanadh. Tha sinn air com-pàirteachasan 's conaltradh le luchd-ùidh a ghleidheadh 's sinn a' dearbhadh phlanaichean conaltraidh air pròiseactan connspaideach agus a' gleidheadh sgilean iomchaidh an luchd-obrach. |
| Maoinean Structarail - fàilligeadh prògram libhrigidh agus/no a' mheadhain mhaoineachaidh | Tha atharrachadh dhan dòigh-libhrigidh againn ann an 2021/22 gar toirt a rèir prìomh chom-phàirtichean eile. Tha e a' fàgail gu bheil barrachd cunnairt againn fhìn 's luchd-tabhartais a tha an sàs sa mhaoin. Tha còmhraidhean leantainneach aig àrd-ìre eadar NàdarAlba agus an Roinn Urrasachd againn airson dòigh-taice ionmhais a rianachadh. |
| Stiùireadh Ro-innleachdail agus Treibhdhireas Seilbh Pasganan Fearainn / Stiùireadh Dàta | Nochd cunnart ùr ann an 2021/22 am feum a th' air sealladh foirmeil 's stiùireadh air an dàta seo airson càileachd 's feumalachdan laghail leantainnich a ghlèidheadh. Thathar air fuasgladh dhan chunnart seo a chomharrachadh agus thèid a chur an sàs ann an 2022/23. |
| SRDP - Builean do Dhualchas Nàdarra | Mar thoradh air mì-chinnt a thaobh phrògraman Eòrpach 's ìrean maoineachaidh san àm ri teachd, bha cunnart ann nach libhrig sinn na h-amasan gu lèir againn tron dòigh-obrach seo. Thathar a' làimhseachadh seo tro mhaoineachadh cuimsichte a tha a' liubhairt phrìomhachasan NàdarAlba, a' sgrùdadh mar a tha com-pàirteachadh a' cur ri coileanadh bhuilean agus le bhith a' lorg thùsan maoineachaidh eile. Dh'isleadh an cunnart tron bhliadhna, ged a tha e ann fhathast. |

Tha na Pàipearan Air Cunnartan a thèid don Chomataidh In-sgrùdaidh 's Chunnartan agus don Bhòrd rim faotainn le iarrtas.

Sgrùdadh Dèanadais




Dèanadas an coimeas ri Prìomhachasan

Cho math ri bhith ag aithris air na tha sinn air cur ri Frèam Dèanadais Nàiseanta, bidh sinn a' sgrùdadh agus ag aithris air na choilean sinn a thaobh ar 10 prìomhachasan. Bidh sinn a' leantainn 30 tomhas mar fianais air adhartas an coimeas ris na Prìomhachasan seo.

Tha a h-uile fear de na 10 prìomhachasan a bha sinn airson coileanadh tron bhliadhna gu lèir Uaine. A-mach às an 30 tomhas an cois nam prìomhachasan, tha 25 (83%) dhiubh Uaine, agus 5 (17%) dhiubh Orains. Tha geàrr-chunntas gu h-ìosal air an fheadhainn a tha comharraichte orains.

- Bha dàil ann a bhith a' comharrachadh beàrnan is prìomhachasan sgrùdadh mara mar thoradh air ath-eagrachadh ghoireasan do dh'obair chudromach eile. Tha seo a' fàgail gum bi dàil ghoirid air molaidhean bhon Phanal air Sgrùdadh Mara a chriochnachadh a thaobh dòighean-obrach air Sgìrean Glèidhte Mara co-cheangailte ri sgrùdadh san àm ri teachd. Bha dàil air obair Prògram Paidhleit Calpa Nàdarra na h-Alba fhad 's a thàinig sinn gu aonta air an dòigh mhaoineachaidh as buadmhoire airson na h-obrach.
- Air sgàth trusadh luchd-obrach a thug na b' fhaide na bhathar an dùil cha deach againn air crìoch a chur air ullachaidhean 1-2-1 còmhla ris a h-uile tuathanach fo ìre 3 de *'Piloting Outcomes Based Approaches in Scotland'* (POBAS). Chaidh crìoch a chur air an obair seo ann an 2022/23.
- Cha do rinneadh barrachd adhartais air leasachadh dòigh-obrach ùir a mheasgaicheas tasgadh prìobhaideach tron Peatland Code le Peatland ACTION anns a' cheathramh chairteal ann an 2021/22, a chuir dàil air adhartachadh cleachdadh ionmhais prìobhaidich 's a leasaicheas tasgadh Peatland ACTION.
- A thaobh pròiseactan Bun-structair Uaine, a bhios a' toirt fhuasglaidhean do dhaoine ann an sgìrean bailteil, tharraing am pròiseact a bu mhotha 's a bu thoinnte às faisg air deireadh na bliadhna ionmhais, air sgàth gun do tharraing an cùmhnantair aca-san às. Dh'ath-shònraich sinn cuibhreann den mhaoineachadh ach cha robh e an comas am maoineachadh gu lèir ath-shònrachadh agus mar sin bha toraidhean iomlan a' phrògram gan lùghdachadh gu mòr.

Tomhasan an coimeas ris na 10 Prìomhachasan ann an 2021/22



Dèanadas an coimeas ri ar planaichean corporra is gnìomhachais 2021/22



Clann a' gabhail pàirt ann am foghlam air a' bhlàr a-muigh.

Buile 1

Tha barrachd dhaoine air feadh na h-Alba a' faighinn tlachd 's buannachd à nàdar

Comharra Soirbheis a' Phlana Chorporra:

Tha barrachd dhaoine a' dol a-mach sa bhlàr a-muigh, a' faireachdainn nas fhallaine mar thoradh air a bhith a-muigh, a' dèanamh obair shaor-thoileach 's a' moladh nàdar

| Comharra | Toradh | Dèanadas* |
|---------------------------------------------------------------------------------------------|------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|---------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| Tursan sa Bhlàr A-muigh A' lùghdachadh Cudrom Intinn 's A' toirt Fois Dhaibh | 92% de luchd-tadhail dhan bhlàr a-muigh ag aontachadh* <small>*Tùs: Suirbhidh Dhaoine 's Nàdair (2019/20)</small> | Cha deach obair suirbhidh a bharrachd a dhèanamh (cha do rinneadh Suirbhidh Dhaoine 's Nàdair na h-Alba o 2019/20) |
| Tha Nàdar Cudromach | 54% de dhaoine ag aontachadh gu bheil nàdar cudromach dhaibh* <small>*Tùs: Suirbhidh Nàdair na h-Alba (2019)</small> | Cha deach obair suirbhidh a bharrachd a dhèanamh (cha do rinneadh Suirbhidh Nàdair na h-Alba o 2019) |
| Obair Saor-thoileach | 9% de dh'obair saor-thoileach a' cur taic ri nàdar* <small>*Tùs: Suirbhidh Theaghlaichean Albannaich (2018/19)</small> | Chaidh tionndadh ùr de Shuirbhidh Theaghlaichean Albannaich a chumail ach cha deach a chuid dèanadais a dhearbhadh air sgàth 's nach gabh coimeas a dhèanamh ri bliadhnaichean eile ri linn an atharrachaidh. |
| A' gabhail Turas sa Bhlàr A-muigh | 79% de dh'inbhich a' gabhail turas sa bhlàr a-muigh co-dhiù uair san t-seachdain* <small>*Tùs: Aithisg air Prìomh Thoraidhean Suirbhidh Theaghlaichean Albannaich (2020)</small> | Chaidh tionndadh ùr de Shuirbhidh Theaghlaichean Albannaich a chumail ach cha deach a chuid dèanadais a dhearbhadh air sgàth 's nach gabh coimeas a dhèanamh ri bliadhnaichean eile ri linn an atharrachaidh. |

* <https://nationalperformance.gov.scot/scottish-household-survey-2020-publication> mineachadh air dòigh-obrach Riaghaltas na h-Alba a thaobh atharrachadh an dòigh-sgrùdaidh ann an 2021/22.

Tha an ceangal a thogadh eadar daoine 's nàdar tro ùine lèir-sgaoileadh Covid-19 nas cudromaiche na bha e a-riamh roimhe. Feumaidh deagh chothrom a bhith aig a h-uile duine air nàdar airson an ceangal sin a leasachadh a bharrachd. Ann an 2021/22 chruthaich prògram Bun-structair Uaine fuasglaidhean nàdarra iom-amasach ann am prìomh sgìrean bailteil 's pròiseactan mòra gan crìochnachadh, nam measg Malls Mire (Toryglen Ghlaschu - £3.1m uile gu lèir, le maoinachadh ERDF luach £1.2m), Tèarmann Nàdair Ionadail Phuill-creadha, Lùb Chuningar aig Bealach Chluaidh, agus taigh-craobhe Canalan na h-Alba (Inbhir Nis). Chuidich sinn ris na pròiseactan mòra seo a thoirt gu buil a dh'aindeoin dùbhlain nach bu bheag a dh'èirich mar thoradh air Covid-19. Ged a b' fheudar dhan phròiseact mhòr 's toinnte GUARD (Craobhraidean Ghlaschu le Comhairle Cathair Ghlaschu aig an stiùir) a tharraing às air sgàth 's nach b' urrainn don phrìomh chùmhnanntair aca am pròiseact a libhrigeadh, chaidh againn air cuibhreann den mhaoineachadh ath-shònrachadh do phròiseactan aig an robh na h-aon trioblaidean ach a ghabhadh a leasachadh. A' coimhead romhainn, tha Comann Taigheadais Crois na Banrighinn, Comann Taigheadais an Taobh a Deas agus Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear uile ag amas air an ainm a chur ri cùmhnanntan agus obair a thòiseachadh sa chiad chairteal de 2022/23 's ceann-latha Ògmhios 2023 a choileanadh.

Chùm an iomairt Dèan Àite Dha Nàdar taic ri còrr is 500 coimhearsnachd air feadh na h-Alba airson àitichean uaine 's gorm ionadail a leasachadh, le cur-seachadan an cois gach ràithe. Thàinig iomairtean an Fhoghair 's a' Gheamhraidh a rèir COP26 airson an ceangal eadar atharrachadh na gnàth-shìde 's call nàdair a shònrachadh, agus airson dòighean-cuideachaidh practaigeach a thoirt do dhaoine.

Dh'obraich sinn còmhla ri 450 coimhearsnachd, seachad air an targaid againn de 300, air sgèran glèidhte mara, gàrraidhean-uisge, agus obair saor-thoileach. Bha cur-air-bhog paidhleat 'Meanbh-Choilltean' leis a' Mhinistear mar phàirt de sheachdain na gnàth-shìde 's ceangal aige ri COP26. Choilean sinn fichead pròiseact luach £500,000 eadar Siorrachd Inbhir Àir 's Obar Dheathain airson bith-iomadachd bailteil a thoirt am feabhas agus cothrom so-ruigsinneach air àitichean uaine a thoirt do dhaoine 's iad a' dèanamh ceangal ri nàdar.

Mhàoinich sinn 20 slighe ùr mar phàirt de Sgeama Atharrachadh Gnàth-shìde Àiteachais-Àrainneachd (AECS) a bhios a' toirt cothrom air a' bhlàr a-muigh 's nàdar airson slàinte 's sunnd dhaoine a thoirt am feabhas, an dà chuid nam bodhaig 's nan inntinn cho math ri buannachdan nas fharsainghe co-cheangailte ri dòighean-beatha gnìomhach.

An coimeas ri 2020/21, cha robh an uiread de dhraghan 's de ghearanan ann mu dhòighean-giùlain mì-iomchaidh air a' bhlàr a-muigh. Lean Covid-19 air agus mar thoradh bha barrachd dhaoine a' gabhail làithean-saora na b' fhaisge air an taigh. Bha iomairtean Còd Slighean Dùthchail na h-Alba (SOAC) fhathast cudromach agus chaidh 3.5m tadhal/11.6k cliog a chlàradh, a' measadh cheanglaichean 's àireamh sheallaidhean, tro làrach-lìn SOAC, aig ìre na b' àirde na slatan-tomhais a' ghnìomhachais. Bha barrachd comais againn tro obair chom-pàirteachais agus chuimsich sinn teachdaireachdan nan iomairtean air cuspairean a thog ceann, leithid sàbhailteachd san uisge tro mhiosan an t-samhraidh agus stuthan a chaidh a dhealbhadh gu sònraichte do sgoiltean. Tha an tuilleadh stiùiridh san amharc dhaibh-san a bhios a' campachadh 's a' cleachdadh bhanaichean-campachaidh, stiùireadh trafaig agus cleachdadh teicneolais digitich.

Chùm Maoin nan Àitichean Nas Fheàrr taic ri dreuchdan maor-dùthcha ràitheil cho math ri leasachaidhean beaga bun-structair air feadh na h-Alba, air a stiùireadh le toraidhean an treas suirbhidh Covid-19 air Muinntir 's Nàdar na h-Alba (SPANS) agus an treas co-labhairt air làimhseachadh luchd-tadhail. Dhearbhaich Riaghaltas na h-Alba £3.9 millean de mhaoineachadh airson tuilleadh "chasan air an talamh" a thoirt do NàdarAlba 's buidhnean poblach eile agus airson taic a chumail ris an treas chuairt de Mhàoin nan Àitichean Nas Fheàrr, a chuir sinn air bhog gu soirbheachail aig deireadh a' Mhàirt.

Thug ro-innleachd seasmhachd nan Tèarmann Nàdair Nàiseanta an tuilleadh luchd-obrach a-steach airson bun-structar nas fheàrr a libhrigeadh agus an tuilleadh comais a bhith ann gus dèiligeadh ri àrdachadh san àireamh de luchd-tadhail ris an robhar an dùil as t-samhradh.

Buile 1: Sgrùdadh-cùise

Meanbh-Choilltean – Buaidh Mhòr! Bho Pàirc na Banrighinn gu Clobhsa Peacocktail agus air feadh na h-Alba

Bidh Meanbh-Choilltean a' toirt cothrom do dh'òigridh a dhol am bad cùisean-èiginn eag-eòlais 's na gnàth-shìde agus a chuideachadh le targaidean na h-Alba airson craobhan a chur le bhith a' cur 's a' coimhead às dèidh na coille aca fhèin air an stairsich aca fhèin. 'S e Meanbh-Choilltean (*Wee Forests*) an t-ainm Albannach air *TinyForests*[®], a tha nam pàirt de choimhearsnachd eadar-nàiseanta stèidhichte air dòighean-eòlais an lus-eòlaiche Iapanais Akiri Miyawaki.

Bidh na coilltean beaga bailteil seo a' fàs gu luath agus tha iad beairteach a thaobh ghnèithean dùthchasaich. Bheir iad cothrom com-pàirteachais 's saidheans saoranachd do sgoiltean 's do choimhearsnachdan. Bidh iad a' beartachadh bith-iomadachd bhailteil cho math ri bhith a' toirt cothrom so-ruigsinneachd do dhaoine ceangal a dhèanamh ri nàdar ann an àite uaine agus a' fàgail choimhearsnachdan nas seasmhaiche ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde. Tha comas aig Meanbh-Choilltean còrr 's 500 gnè de dh'fhiadh-bheatha 's de lus a thàladh thuca taobh a-staigh na ciad trì bliadhna.

Pròiseact Taisbeanaidh Meanbh-Choilltean Na h-Alba

Cho-òrdanaich am paidhleat seo, a bh' air a stiùireadh le NàdarAlba, còrr air 20 Meanbh-Choille am-bliadhna ann an com-pàirteachas ri *Earthwatch Europe* agus lionra de "Com-pàirtichean Libhrigidh Ionadail", leithid *Green Action Trust*, *The Conservation Volunteers (TCV)*, *Urrasan Raon Uaine Dhùn Èideann* 's *Lodainn*, *Coilltean Siorrachd Inbhir Àir an Ear*, *Comhairle Baile Obar Dheathain* agus *Gàrradh Lusan Oilthigh Dhùn Dè*. A thuilleadh air sin, thug *Earthwatch Europe* 7 Meanbh-Choilltean eile gu buil ann an 2021 's tabhartasan bho shreath de sponsairean na roinn prìobhaidich ann. Chuireadh a' mhòrchuid de na Meanbh-Choilltean faisg air sgoiltean ann an àiteachan a tha gann de raointean uaine anns a bheil beartas nàdair.



Meanbh-Choille a bh' air a cur o chionn goirid ann am Peacocktail; sia sgoilearan ionadail a' gabhail pàirt ann an cur craobhan aig an làraich.

Thug Riaghaltas na h-Alba taic de £0.5m dhan phrògram. Cho math ri cur nan coilltean fhèin a phàigheadh, leig seo le lionra de naoi buidhnean àrainneachdail neo-roinneil (eNGOs) agus an cuid Com-pàirtichean Libhrigidh Ionadail trèanadh fhaighinn ann an dòigh-cuir nam Meanbh-Choilltean agus sreath de ghniomhan sgrùdaidh. Cuidichidh na gnìomhan seo ris a' chom-pàirteachas le sgoiltean 's muinntir an àite a ghlèidheadh san ùine fhada, a tha na phrìomh amas aig a' phròiseact. Thèid dàta àrainneachail 's sòisealta a

chruinneachadh bhon a h-uile Meanbh-Choille fad suas ri 10 bliadhna agus bidh e ri fhaotainn gu fosgailte tro clàr-dàta *Earthwatch Europe*. Cuidichidh seo ris na buannachdan a thig bhuapa thar ùine a mheasadh.

Welcome to Muiredge Park Wee Forest planted in 2022 by pupils from Levenmouth Academy, CLEAR and local people. Please enjoy your wee visit. *Gun càrd ur Meanbh-Chuairt ribh.*

What is a Wee Forest?

A Wee Forest is a dense, native woodland that helps deal with the effects of climate change, supports urban wildlife and provides a place where you can experience nature.

Urban forests help us adapt to a changing climate. Trees absorb rainfall and help prevent floods. They provide shelter for wildlife and people. They lock up carbon in the growing trees and plants.

A Wee Forest provides natural habitats for wildlife and can attract over 400 kinds of animals and plants. How many can you spot?

This Wee Forest is planted using a technique developed by Japanese botanist Akira Miyawaki. It is a dense mix of 600 Scottish native trees. How many kinds of different tree can you find?

Muiredge Park Wee Forest *Meanbh-Choille*

Part of the tinyforest family





Insects, worms and fungi in the soil feed on leaf litter and rotting wood. They help recycle forest nutrients. Can you find any mini-beasts?



Schools and the whole community can use the Wee Forest as a place to learn and play.



The Wee Forest is looked after by local volunteers who water, litter pick and collect scientific information about the Wee Forest as it grows. Find out how you can help too by contacting any of the organisations below.

Supported by:



Want to know more about Wee Forests?
Please scan this QR code or visit:
www.earthwatch.org.uk/tinyforests



Please report any issues to The Conservation Volunteers (TCV) on scotland@tcv.org.uk

Eisimpleir de Bhòrd Mineachaidh Meanbh-Choille air a leasachadh le Sgioba Meanbh-Choille

Prìomh Fhiosrachadh bho Mheanbh-Choilltean

- 27 Meanbh-Choilltean gan cur ann an 10 sgìrean ùghdarrasan ionadail le 11 uachdaran-fearainn eadar-dhealaichte
- 16,000 craobh dhùthchasach ga cur
- Sgoilearan bho 38 sgoiltean an sàs ann an cur nam Meanbh-Choilltean
- 9 Com-pàirtichean Libhrigidh Ionadail le trèanadh air an dòigh cuir 's sgrùdaidh aig Meanbh-Choilltean.






Meanbh-choille ga cur le sgoilearan Bun-sgoil Achadh a' Bhlàir còmhla ri Urras nan Gniomhan Uaine

Buile 2

Slàinte 's seasmhachd nàdar na h-Alba gan toirt am feabhas

Comharra Soirbheis a' Phlana Chorporra:

Tha nàdar na h-Alba nas fhallaine 's nas seasmhaiche.

| Comharra | Toradh | Dèanadas |
|--------------------------|----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| Comharra Coir | 14% - an t-àrdachadh san àireamh de dh'eòin a' briodadh air talamh o 1994 | Chan eil fios às ùr air eòin a' briodadh air talamh air sgàth is gun do chuir Covid-19 bacadh air obair-làraich. |
| Comharra Coir | 77.9% - an ceudad de 5,590 feartan air làraichean nàdair glèidhte a tha fàbharach no a' dol am feabhas |  A' leantainn |
| Comharra Foincseanach | 8.3% - an raon monaidh gu lèir a tha ri fhaotainn do ghnèithean, a rèir an cuid comasan sgaoilidh* |  A' leantainn |
| Comharra Freagarrachaidh | 184 - an àireamh gu lèir de ghnèithean ionnsaigheach neo-dhùthchasach a tha gan aithneachadh ann an Alba agus aig a bheil droch bhuidh daonna no eag-eòlasach |  A' leantainn |

* Tha comharra foincseanach a' mhonaidh nas isle na figearan a bh' ann roimhe air sgàth 's gu bheil sinn a-nis a' cleachdadh siostam mapaidh a tha nas cuimsiche: chan e crìonadh a th' ann an dha-riribh.

Thòisich grunn thachartasan 's choinneamhan aig ìre ionadail 's eadar-nàiseanta a' toirt cruth air leasachadh Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba. Gu h-eadar-nàiseanta, dh'obraich sinn còmhla ri co-obraichean Riaghaltas na h-Alba airson taic a chumail ris an RA aig an *Subsidiary Body on Scientific, Technical and Technological Advice* (SBSTTA 24) agus *Subsidiary Body on Implementation* (SBI 3) - a tha nam pàirt de structar Coinbheisean air Iomadachd Bith-eòlach aig an AE agus airson 'Gairm Dhùn Èideann' a thaisbeanadh. Tha a' ghairm seo a' cur roimhpe co-bhuaidh a thoirt air leasachadh frèam bith-iomadachd an t-saoghail às dèidh 2020, agus beum a chur air cho cudromach 's a tha fo-nàiseanan 's riaghaltasan ionadail an cois libhrigidh.

Bidh ar cuid taice a' leantainn mar phàirt den cho-labhairt aghaidh ri aghaidh as t-fhoghar 2022. Anns an dùthaich againn fhìn, tha sinn fhathast ag obair gu dlùth còmhla ri Riaghaltas na h-Alba air Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba, a' dreachdadh Lèirsinn 's Toraidhean do gach cruth-tìre 's mara, a' leasachadh phrìomhachasan 's ro-bheachdan air targaidean bith-iomadachd do Bhile na h-Àrainneachd Nàdair. Bheir seo buaidh air na stuthan a bhios aig a' cho-chomhairleachadh air Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba san Ògmhios 2022.

Tha gleidheadh nàdair na phàirt riatanach den fhreagairt air cùisean-èiginn na gnàth-shìde 's nàdair. Lean obair air dòigh-obrach roinntean dìon '30 x 30' - airson co-dhiù 30% de thalamh 's muir na h-Alba a dhìon airson nàdair ro 2030, le 10% dheth ga àrd-dhìon. Tha suirbhidhean 's sgrùdadh, 'ceuman glèidhteachais freagarrach eile' agus lionraidhean nàdair stèidhichte gu dlùth air seo.

Stèidhicheadh pannalan airson modh-obrach ùr air sgrùdadh mara a leasachadh, cho math ri Buidheann Sgrùdaidh Bith-iomadachd na Mara còmhla ri Marine Scotland, SEPA 's JNCC. Thèid molaidhean a leasachadh ann an 2022/23 airson sgrùdadh mara san àm ri teachd a stiùireadh.

Dhearbhaich Riaghaltas na h-Alba a thaic leantainneach do phròiseact *Dynamic Coast* fad bliadhna eile. Tha am pròiseact a' gabhail a-steach 21,000 km, no 20% de chosta na h-Alba, agus tha e a' cuimhseachadh air atharrachadh a' chladaich a thuigsinn 's buannachdan luach £13bn a dhìon le fuasglaidhean nàdarra. A-mach às an seo, bidh co-dhiù £0.340m fo chunnart ro 2050. Ann an coimeas, tha buannachdan luach £5bn gan dìon le fuasglaidhean einnseanaireachd. Chuireadh an dàrna ìre de phròiseact *Dynamic Coast* air bhonn san Lùnastal, le cuideam air taic do phlanadh nan ùghdarrasan ionadail. Leasaichidh seo an fhianais air atharrachadh a' chladaich ann an Alba agus brosnachidh e aire dha. An cois seo, tha sinn gu dlùth an sàs ann an leasachadh 's libhrigeadh an *Coastal Change Adaptation Fund* agus ullachadh *Guidance for Coastal Change Adaptation Plans*.

Bha *Dynamic Coast* na phàirt chudromach de làithreachd Riaghaltas na h-Alba aig COP26. Dh'fhoillsich sinn mapa fianais Carboin Guirme 's lèirmheas litreachais. Bha sinn gu mòr an sàs leis a' cho-labhairt eadar-nàiseanta aig Fòram Carbon Gorm na h-Alba agus taic mhinistearail a' tighinn aig an aon àm ri COP26 san t-Samhain. Dh'obraich sinn còmhla ri Fòram Carbon Gorm na RA agus an Com-pàirteachas Fianaise aige air leigheas feur-rèisg goirt.

Tha sgrùdadh Saideal Fàs-bheatha ga leantainn cho math ri innealadh dha Ro-innleachd Sgrùdadh a' Chladaich. Aig a' cheann thall bidh an dàta fosgailte a thig às an seo a' cur ri obair com-pàirteachais air a' chladaich, aig làraichean ainmichte, do dh'fhreagarrachadh a' chladaich agus airson fuasglaidhean stèidhichte air nàdar (NbS) a chur gu feum.

Buile 2: Sgrùdadh-cùise

Àitichean fo dhìon sònraichte – Dìon do dh'àrainneachd phrìseil na mara ann an Alba

Chaidh lìonra nan àitichean fo dhìon sònraichte (SPAs) a choileanadh am bliadhna 's ministearan na h-Alba a' cur SPA Caolas Scapa agus Arcaibh a Tuath ris an dusan SPA a chaidh a stèidheachadh ann an 2020.

Caolas Scapa 's Arcaibh a Tuath

Eadar SPA Caolas Scapa agus SPA Arcaibh a Tuath, tha naoi gnèithean de dh'èoin-mhara a' fuireach an seo agus tha sluagh anabarrach mòr de sgarbhan, tunnagan-mara, leargan 's gòbhlachain a' geamhrachadh an seo.

Am measg nan eun a bhios a' geamhrachadh ann am Breatainn, tha barrachd air 30% dhe na buna-bhuachaillean, 20% dhe na gòbhlachain òr-chluasach agus an sluagh as motha de sgarbhan-mòra (nach dèan briodadh) ann am Breatainn a' faighinn tèarmainn nàdarra ann an Caolas Scapa agus ann am bàigh 's geodhan Arcaibh a Tuath. Tha mòran dhe na h-èoin seo a' tighinn nam mìltean mòra o na làraichean neadachaidh aca mu thuath airson fasgadh geamhraidh an seo. Tha na raointean mara beartach seo cudromach cuideachd tro mhiosan an t-samhraidh mar àite far am faigh barrachd air 100 càraid de leargan-ruadha biadh 's iad a' neadachadh ann an àitichean fo dhìon sònraichte air tìr.

Tha SPA Caolas Scapa agus SPA Arcaibh a Tuath mar phàirt de lìonra de 50 sgìrean glèidhte mara (MPA) do dh'èoin-mhara. Tha iad seo a' gabhail a-staigh nan 14 SPA mara agus nan 30 leudachan tuineachais aig SPA mara a dhionas am muir dlùth ri cuid dhe na tuineachasan briodadh eun-mara as ainmeile againn agus sia MPA glèidhteachas nàdair dhan ghearradh-bhreact.



Buna-bhuachaille © John Dickerson



Gòbhlachan òr-chluasach © John Dickerson

Marasgladh 's com-pàirteachas lionra nan SPA

Mar a thachras le mòran dhen obair a nì sinn a thaobh ainmeachadh nan MPA, stèidhich sinn lionra nan SPA air an fhianais as fheàrr a tha ri làimh. Tha ainmeachadh de raon stèidhichte air bliadhnaichean de shuirbhidhean, anailis 's measadh airson cùis shaidheansail a chur còmhla agus tha iad stèidhichte cuideachd air com-pàirteachasan làidir 's sinne ag obair còmhla ri buidhnean mar Marine Scotland agus Co-chomataidh Glèidhteachas Nàdair.

Tha deagh bhuidhe cuideachd aig na beachdan a chuirear thugainn agus na co-comhairleachaidhean poblach a chumas sinn. Mar a tha sinn a-nis a' gluasad o stèidheachadh gu marasgladh 's stiùireadh nan làraichean seo, thig leudachadh air a' chom-pàirteachas againn le coimhearsnachdan 's luchd-saidheans shaoranach ann am **prògram marasgladh nan eun-mara, suirbhidh eòin talmhainn fliuch** agus sa cho-obrachadh ùr-ghnàthach againn le Comhairle Arcaibh agus Marine Scotland feuch an gabh siostaman adhair gun phaidhleatan a chleachdadh airson marasgladh nan sgìrean mara mòra seo.

Co mheud sgìre ghlèidhte mara a th' aig Alba a-nis?

Tha 233 MPA airson glèidhteachas nàdair ann an lionra Albannach an-diugh thairis air 228,000km², a' dìon agus a' leasachadh barrachd air 37% dhe ar muir. Tha sinn gu math nas motha na an targaid eadar-nàiseanta a tha a' moladh 30% dhen mhuir a bhith na MPA ron bhliadhna 2030 agus tha sin a' cur gu mòr ri amasan glèidhteachas mara air feadh an t-saoghail mar sin.



Tunnag-ghleusta © John Dickerson


Buile 3

Barrachd ga mhaoineachadh ann an calpa nàdarra na h-Alba 's a liubhairt airson soirbheachas 's slàinte a thoirt am feabhas


Comharra Soirbheis a' Phlana Chorporra:

Tha slatan-tomhais a thaobh barrachd soirbheachais 's slàinte co-cheangailte ri barrachd maoineachaidh ann an calpa nàdarra

Clàr So-mhaoin Calpa Nàdarra (2000 gu 2020)



Clàr So-mhaoin Calpa Nàdarra 2000 gu 2020 a rèir àrainn



Tha **Clàr So-mhaoin Calpa Nàdarra** na chlàr co-dhèanta a leanas atharrachaidhean ann an comas-làimhseachaidh eag-shiostaman talmhaidh na h-Alba.

Tron bhliadhna tha cùis-èiginn nàdair, agus a' phàirt a th' aice an cois lasachadh 's freagarrachadh ri cùis-èiginn na gnàth-shìde, ga h-aithneachadh barrachd 's tha i nas faochnaiche na bha i a-riamh roimhe. Tha an Ro-Innleachd Nàiseanta ùr air Cruth-atharrachadh Eaconamach aig Riaghaltas na h-Alba na h-eisimpleir den seo, 's i a' cur roimhepe gum bi Alba gu h-eadar-nàiseanta an ceann gluasad cothromach do chothromachadh carboin, eaconamaidh a tha math do nàdar, 's calpa nàdarra ath-thogail. Tha dealas aice do mhargaidh freumhaichte air luachan 's fireantachd a stèidheachadh airson in-ionmhas prìobhaideach cùramach ann an calpa nàdarra a thogadh air inbhe eadar-nàiseanta na h-Alba air a cuid nàdair 's poileasaidhean eadar-nàiseanta air tìr 's aig muir, le taic bho shreath de phròiseactan nàiseanta air fuasglaidhean nàdarra. Tha àite follaiseach 's cudromach aig NàdarAlba an cois seo, gu h-àraid a' cur ri leasachadh sreath de phròiseactan a bhiodh tarraingeach do luchd-tasgaidh.

Ghlèidh NàdarAlba taic bhon *National Transition Training Fund* (NTTF) aig Leasachadh Sgilean na h-Alba airson sgeama greisean trèanaidh *Working with Rivers* a ruith. Bidh seo a' maoinachadh greisean-obrach pàighte a mhaireas 12 seachdain, a' toirt cothrom air trèanadh 's sàr eòlas air leigheas aibhne, stiùireadh nàdarra thuiltean, gnèithean ionnsaigheach neo-dhùthchasach (INNS) 's cruthachadh choilltean bruachaich. A thuilleadh air sin, leudaichidh na greisean-obrach comasan air pròiseactan leigheas aibhne a thoirt gu buil, agus cuiridh e am meud an luchd-obrach sgileil a tha ri lorg taobh a-staigh na roinn nàdair seo.

Dh'iarr Riaghaltas na h-Alba oirnn beachdan a thrusadh air mar a chuireas leasachadh gu fàbharach ri bith-iomadachd 's an 4mh Frèam Dealbhaidh Nàiseanta ga ullachadh. Cho-chomhairlich sinn air stiùireadh Leasachadh le Nàdar airson taic a chumail ris a' Phoileasaidh Choitcheann air Cùis-èiginn Nàdair a tha am beachd an 4mh Frèam Dealbhaidh Nàiseanta agus builean matha a ghleidheadh do bhith-iomadachd an cois leasachaidh ionadail. Dh'fhoillsich am pròiseact againn *Dynamic Coasts* tuilleadh mhapaichean 's data a chuireas ri fuasglaidhean nàdarra do thuiltean, a' cuideachadh ri so-mhaoinean, rathaidean, rèilean 's dachaighean a tha nas fhaisg na 50 meatair air a' chladach 's aig a bheil luach de £20bn a dhion.

Bha NàdarAlba gu mòr an sàs ann an Sgeama Atharrachadh Gnàth-shìde 's Àiteachais-Àrainneachd (AECS) 2021, a' cuideachadh thuathanaich a tha a' toirt bith-iomadachd am feabhas 's a' leasachadh chothroman-inntrigidh poblaich. Chuir sinn taic ri leasachadh 's cur air bhog AECS 2022 cuideachd. Tha sinn air tòiseachadh air tuilleadh luchd-obrach fhadstadh airson an àireamh mhòr de dh'iarrrasan ris a bheil an dùil a mheasadh gu sgiobalta.

Tha am prògram paidhleit Calpa Nàdarra againn air a dhol nas aonaichte ri Prògram Deuchainn Nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba airson poileasaidh 's taic dhùthchail san àm ri teachd. Mar phàirt den phrògram tha *Piloting Outcomes Based Approaches in Scotland* (POBAS) 's deuchainn chunntasan air àrainnean fearann-tuathanais, app airson seo a dhèanamh, agus paidhleat de ghnìomhan air an tuathanas fhèin, cho math ri innealan ùra Measadh Calpa Nàdarra.

Às dèidh a' Bhuidhinn-Obrach Neo-eisimeilich 's Sgrùdadh Werrity, am-bliadhna bha cothrom againn prìomhachasan riaghladh nam fiadh 's nan cearcan-fraoich aontachadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha an dòigh-dhèiligidh ceadachais do chearcan-fraoich (stèidhichte air còir losgaidh) air a leasachadh gu math agus tha obair ga leantainn airson a sònrachadh. Tha an obair againn còmhla ri Buidheann Ro-innleachdail nam Fiadh a' cruthachadh plana mionaideach de dh'obair airson taic a chumail ri reachdas ùr 's gnìomhan eile.

Fhuair a' chiad chuairt liosaidh aig ScotWind aontaidhean airson suas ri 25GW de chumhachd a chruthachadh bho ghaoth far-chladach. Bha sinn soirbheachail leis an iarrtas mhaoineachaidh againn gu Riaghaltas na h-Alba gus barrachd luchd-obrach fhadstadh airson taic a chur ris an fhàs mhòr, chudromach seo ann an leasachadh cumhachd ath-nuadhachail. Tha sinn air coinneachadh ris a h-uile com-pàirtiche shoirbheachail aig ScotWind agus air comhairle a thabhann.

Buile 3: Sgrùdadh-cùise Oighreachd Dhùn Losaid, Ìle

Carson a tha mòinteach na h-Alba feumach air ath-shlànachadh?

Tha barrachd air 20% de thalamh na h-Alba na mhòinteach. 'S e mòinteach an stòras talmhainn as motha agus as èifeachdaiche de charbon air feadh an t-saoghail, a' glèidheadh barrachd air 10 turais de charbon ann an heactair na eag-shiostam talmhainn sam bith eile sa chuibheas.

Ge-tà, tha mòinteach na h-Alba ann an cor cho dona 's gu bheil iad a' cur a-mach carbon seach a bhith ga ghlèidheadh. Chan eil a' mhòinteach chlaoidhte seo dìreach a' cur a-mach gasaichean a chuireas ri blàthachadh na cruinne ach a bharrachd air sin, chan fhàs iad suas ri buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde mar a bhiodh na mòintichean roimhe agus iad a' dol eadar tart 's tuil gu nàdarra.

Obair ath-leasachaidh air Oighreachd Dhùn Losaid

Tha obair ath-shlànachadh mòintich air Oighreachd Dhùn Losaid airson stad a chur air às-chur nan gasaichean taighe-ghlaine agus bith-iomadachd an àite a leasachadh. Tha am pròiseact seo airson 290 heactair de mhòinteach a chaidh a thraoghadh roimhe ann an Ìle ath-shlànachadh thairis air dà bhliadhna (2021/22 agus 2022/23). Chaidh a' chiad cheum a choileanadh o chionn goirid le taic £90,900 o mhaoin Peatland ACTION aig NàdarAlba agus chì sinn a' bhuaidh aige sin mu thràth.

Tha 90 de mhòinteach lom a chaidh a thraoghadh roimhe air an rathad gu ath-shlànachadh a-nis. Ghabh an obair ath-shlànachaidh a-staigh ath-phròifileadh agus bacadh nan dìgean a chaidh a chur an sàs ann o chionn fhada, 29,000m dhiubh, agus 4,490m de chlaisean bleithe-talmhainn. Chleachd sinn acainnean sònraichte a rinn glè bheag de dhochann air uachdar na mòintich agus bhac sinn na drèanaichean aig astaran cunbhalach le dàmaichean mòine agus bhac sinn an fheadhainn leathann le dàmaichean fiodha.



Dàm fiodha ath-neartaichte





Oighreachd Dhùn Losaid

Chaidh barrachd air 5,000m de phuill-mhòna agus oirean puill eachdraidheil ath-phròifileadh cuideachd airson a' mhòine lom a dhèanamh nas seasmhaiche agus a chur sìos air bleith-thalmhainn 's call carboin dhan uisge 's dhan adhar.

'S e bacadh nan digean aon dhe na dòighean as èifeachdaiche airson mòinteach ath-shlànachadh, stad a chur air bleith na mòine, bith-àrainnean a leasachadh agus leabaidh an uisge àrdachadh gu ìre nas nàdarra. Tha na dàmaichean a' glacadh an eabair agus a' lùghdachadh na thèid a chall dhen mhòine. Tha na lòintean beaga a nochdas air cùlaibh nan dàmaichean mòine agus a rèir oirean nan digean a' brosnachadh fàs 's ath-thuineachadh nan lusan boglaich a dh'fhàsas nam mòine – gu sònraichte còinneach-bhoglaich – agus a' cruthachadh bith-àrainnean cudromach dhan fhiadh-bheatha. Tha ath-shlànachadh nam mòintichean a' lùghdachadh na chuireas iad a-mach de charbon agus a' cruthachadh bith-àrainnean a sheasas ri atharrachadh na gnàth-shìde nas fheàrr.



Buachar ùr ghèadh

Thuirt Tom Luthman, àidseant Oighreachd Dhùn Losaid: “Tha fios againn gu bheil ceangal eadar ath-shlànachadh na mòintich agus bith-àrainnean nas fheàrr do bheathaichean fiadhaich. Tha a' bhuidhe ri fhaicinn mar-thà, tha an sgìre nas fheàrr dhan naosg mar-thà agus an dèidh dhuinn crìoch a chur air obair an ath-shlànachaidh, ma dh'fhaoitde do gheòidh cuideachd. A bharrachd air sin, tha sinn ag aideachadh gun tig buannachdan a bharrachd an lùib an ath-shlànachaidh, mar cothrom air margaidean carboin agus uisge nas fheàrr airson iasgach”.

Mu dheidhinn Peatland ACTION

'S e Riaghaltas na h-Alba a bheir seachad maoinachadh Peatland ACTION agus 's e obair ath-shlànachaidh air feadh na h-Alba a' phrìomh obair aca.





'S e còig buidhnean com-pàirteachais a choileanas obair Peatland ACTION: NàdarAlba, Coilltearachd 's Fearann Alba, Uisge Alba agus ùghdarrasan an dà phàirc nàiseanta ann an Alba, Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn 's nan Tròisichean.

Buile 4

Tha sinn air na dòighean-obrach againn atharrachadh gu tur

Comharra Soirbheis a' Phlana Chorporra:

Tha sinn a' toirt comas, faicsinneachd 's buaidh ar cuid conaltraidh am meud

| Comharra | Toradh | Dèanadas |
|------------|----------------------------------------------------------------------------------------------|----------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| Facebook | 30,240 neach-leantainn 3.4m comas |  A' leantainn |
| Twitter | 38,120 neach-leantainn 1.03m seallaidhean mìosail |  A' leantainn |
| Instagram | 21,930 neach-leantainn 1.56% ceanglaichean gach puist 1.57m comas |  A' leantainn |
| Làrach-lìn | 2,287,151 seallaidhean duilleige |  A' dol am feabhas |

Tha lèir-sgaoileadh leantainneach Covid-19 air buaidh mhòr a thoirt air ar cuid obrach a-rithist am-bliadhna-sa. Tha oidhirpean mòra leantainneachd gnìomhachais air a bhith riatanach do chomas na buidhne gu lèir 's sinn a' cumail oirnn leis a' phrìomh run againn às leth nàdair. Chùm sinn oirnn leis na planaichean gnìomha 90 latha airson dèanamh cinnteach gu bheil an sgiobaltachd 's deisealachd againn a leigeas leinn dèiligeadh ri saoghal obrach a tha a' sìor-atharrachadh. Tha sinn cuideachd air comas-ceangail an lìonra againn a mheudachadh gu mòr 's air crìoch a chur air stèidheachadh lethbhreac-glèidhidh air a' Chloud. Tha seo na inneal riatanach nar seasamh an aghaidh eucoir-siobair agus leigeadh e leinn dàta fhaighinn air ais nam biodh sinn fo ionnsaigh bathair-èirig. Tha sinn air an targaid de £1.368m (3%) ann an sàbhailidhean èifeachdais a ruighinn.

Tha sinn air cumail oirnn a' leasachadh ar dòighean-obrach, a' toirt taic do luchd-obrach a tha ag obair bhon taigh cho math ri bhith ga dhèanamh comasach tilleadh chun na h-oifis gu sàbhailteach ann am modal obrach a tha nas ioma-dhòighiche. Shoirbhich leinn le MS Teams a chur an gnìomh airson taic a chumail ris na dòighean-obrach ùra againn agus tha sinn a' cur crìoch air eadra-lìn ùr do luchd-obrach a bheir co-obrachadh am feabhas. Leasaicheadh 's dh'adhartaicheadh pasganan ionnsachaidh air co-obrachadh, togail dhàimhean 's ceannardas airson ar cuideachadh nuair a dh'fhosgail oifisean a-rithist. Bidh iad seo ga chuideachadh le tuigse nas fheàrr air na diofar modhan-obrach as fheàrr leinn.

Tha sinn air Ro-innleachd Fearainn-thogalach agus Plana 10 Bliadhna a leasachadh airson ar feumalachdan oifis san àm ri teachd. Tha pròiseactan ionadail gan cur an gnìomh a-nis, a' sgrùdadh chothroman airson sùil às ùr a thoirt air an t-seòrsa àite-obrach a bhios a dhìth oirnn san àm ri teachd airson dèanamh cinnteach gun tig sinn a rèir nan dòighean-obrach ùra againn. Thathar an dùil gum faicear an tuilleadh co-ionadan coitcheann na roinn poblaich a' tighinn am bàrr mar thoradh air cuid den seo. 'S e pàirt chudromach den rùn mhòr againn do chothromachadh carboin a bhios an seo.

Tha sinn a' dèanamh deagh adhartas leis a' chiad phlana *Net Zero* againn. Tha bataraidhean 's ais-thionndairean ann an Rùm agus clàran-grèine ann an Eilean May am measg na tha san amharc dhan phrògram teicneòlais ath-nuadhachail. Tha sinn ag ùrachadh nan carbadan againn le carbadan dealanach aig astar nas luaithe, agus a' toirt a-steach àitichean teàirrrsidh aig an tuilleadh oifisean 's tèarmainn nàdair againn. Airson a bhith cho soilleir 's a ghabhas a thaobh ar cuid sgaoilidhean gu lèir tha sinn air gabhail ri modh-eòlas (air a leasachadh le *Sustainable Scotland Network*) a bhios a' sgrùdadh sgaoilidhean an lùib obrachadh bhon taigh. Bidh seo mar phàirt de ar cuid aithrisidh carboin.

Tha sinn a' leantainn oirnn le leasachadh 's àbhaisteachadh cleachdadh teicneòlais innleachdaich airson ar dòighean-obrach, cothroman air dàta ùr 's libhrigeadh ar n-obrach a thoirt am feabhas. Tha sinn a' leasachadh grunn phròiseactan airson atharrachaidhean a lorg 's a sgrùdadh, àrainnean a mhapadh 's a dhèanamh nas fhasa dàta, *Earth Observation* (EO) na mheasg, fhaighinn 's a chur gu feum. Tha aon phròiseact den leithid, ann an com-pàirteachas ri *Scottish and Southern Energy*, air a sparradh le feum air fiosrachadh a thaobh na buaidh a dh'fhaodadh do thuathanasan-gaoithe far a' chladaich a bhith a' toirt air buthaidean siolachaidh.

Bidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' cleachdadh dàta an fhearainn a thig às mar fhiosrachadh do dh'iomadh pròiseact agus airson prìomh threandaichean a mheasadh leithid coillteachadh no call àrainnean sònraichte. Bha oidhirp mhòr 's conaltradh air feadh na buidhne tron bhliadhna ga chur ri leasachadh a' Phlana Chorpóra againn do 2022-2026: Nàdar Bearrteach Dhuinn Uile. Bidh conaltradh leantainneach leis an luchd-ùidhe againn air leth cudromach sna bliadhnaichean ri teachd airson ar fòcas a ghleusadh: airson Nàdar a Dhìon 's a Leigheas 's airson Spèis a thoirt dha.

Buille 4: Sgrùdadh-cùise

Prògram airson fastadh òigridh – cothroman cùrsa-obrach tràtha dhan a h-uile duine ann an roinn an nàdair

Thug NàdarAlba £1m dhan phrògram airson fastadh òigridh ann an 2021/22 's tha am prògram ag amas air comasachdan agus sgilean ann an roinn an nàdair a leasachadh. Dh'fhastaich NàdarAlba 35 neach òg rè na bliadhna airson diofar dhreuchdan 's aig diofar ìrean, a' gabhail a-staigh luchd-trèanaidh, ceumnaichean is preantasachdan ùr-nòsach, greisean-gnìomhachais 's inntearnasan pròiseict, prataigeach 's goirid.

Tha barrachd 's barrachd fianais ann a tha a' sealltainn gu bheil droch bhuaidh mhòr aig Covid-19 air na neo-ionannachd a tha nar sòisealtas mu thràth. Airson aghaidh a thoirt air a' bhuaidh mhì-rèireach seo, chuir sinn cuideam air daoine òga. Ged a chuir sinn taic do dh'aireamh de ghreisean-gnìomhachais a-riamh (feadhainn do dh'oileanaich 's ceumnaichean), chunnaic sinn gun robh feum air barrachd a chuireas ris an ath-leasachadh uaine an dèidh Covid-19.

Leasaich am prògram sgeama ghreisean-gnìomhachais ùr dhan fheadhainn a tha aig toiseach an cuid chùrsaichean-obrach 's sinne airson tàlant ùr a thàladh dhan sgioba againn, a' gabhail a-staigh daoine aig diofar aoisean 's aig a bheil diofar ìrean de dh'eòlas, teisteanasan 's eachdraidh obrach. Tha cuid mhòr dhen phrògram seo agus dhen obair a nì sinn le daoine òga stèidhichte air dòigh-obrach a tha airson iomadachd nan daoine a nì obair le NàdarAlba agus ann an roinn na h-àrainneachd a chur am meud.

Thug sinn taic do cheithir ghreisean-gnìomhachais meantoraichte do dhaoine òga o chinnidhean beaga eadar 18 's 29 bliadhna a dh'aois tràth ann an 2022. 'S ann aig com-pàirtiche againn, *CEMVO Scotland*, a bha fastadh aig na daoine a thàinig air greis-ghnìomhachais. Chaidh obair a thoirt dhaibh am broinn NàdarAlba far an d' fhuair iad barrachd eòlais 's tuigse nas fheàrr air pailteas nan dreuchdan a tha ri am faighinn ann an roinn an nàdair agus na diofar slighean a th' ann a dh'ionnsaigh cùrsa-obrach san roinn seo.



Kirsten Brewster agus Steven McKenna, luchd-ceuma ann an sgeama greis-gnìomhachais NàdarAlba, a' coinneachadh ri Lynn agus Sandra, tuathanaich òga aig Croit Lynbreck faisg air Baile nan Granndach.

Chunnacas sa mheasadh tòiseachail a rinn NàdarAlba air dreuchdan nàdair ann an 2020 agus aithisg ***Backbone CIC's Changing Landscapes Actioning Change*** ann an 2021 nach eil mòran dhaoine o chinnidhean beaga air am fastadh ann an roinn an nàdair. Tha tuairmeasan ann a tha a' cur nar sùilean gum feum sinn 7,000 dreuchd thairis air an deichead seo romhainn airson fuasglaidhean stèidhichte air nàdar a chur an sàs agus leis a sin, bidh com-pàirteachas leathann ro-chudromach, airson 's gun urrainn do *neach sam bith* a' gabhail a-staigh buill nan cinnidhean beaga a dhol an sàs an roinn seo a tha a' sior fhàs.

Bha eòlas obrach eadar-dhealaichte aig a' cheathrar òg seo a rinn greis-gnìomhachais, a' gabhail a-staigh mion-reic, einnseanaireachd cheimigeach, saidheans sòisealta agus stiùireadh gnìomhachais. Bha iad an sàs phròiseactan air feadh a' bhuidhinn, a' mapadh ghnèithean sgaoilteach a tha a' dèanamh cron air a' bhith-iomadachd; ag obair air leudachadh bun-structair uaine do dh'àrainneachdan bailteil; a' cur taic ri brosnachadh deagh bhuidh nam poileanadairean air a' bhith-iomadachd agus a' leasachadh comhairle 's stuthan mu dheidhinn dreuchdan ann an roinnean an nàdair. Bha prògram a bharrachd ri taobh na h-obrach seo a thug barrachd chothroman ionnsachaidh dhaibh agus cothrom dreuchdan 's cùrsaichean-obrach ann an roinnean an nàdair a rùrachadh. Tha NàdarAlba a' sior thoirt seachad meantoradh an dèidh nan greisean-gnìomhachais seo.

Tha am prògram Cinnidheachd ann an Nàdar mar phàirt dhen obair san fharsaingeachd a nì sinn a thaobh ion-ghabhaltais:

- A' toirt maoinachadh dhan phròiseact *CIC Backbone "Our Natural Heritage"* agus do phrògram ceannardas na coimhearsnachd a ghabh a-staigh daoine o choimhearsnachdan nan cinnidhean beaga 's a thug brosnachadh dhaibhsan 's dha na coimhearsnachdan aca tadhal air a' bhàr a-muigh agus tlachd a ghabhail san nàdar.
- A' toirt maoinachadh dhan rannsachadh le carthannas leas na coimhearsnachd (CIC) Backbone air gainnean iomadachd ann am fastadh san roinn seo agus co-labhairtean nan cinnidhean beaga
- A' cur taic ri inntearnasan pàighte slighe **prògram luchd-compàirt 2027** agus **Institiuid John Smith - *Minority Ethnic Emerging Leaders Programme***

Sna ceuman a tha romhainn, nì sinn measadh air a' phaidhleat, nì sinn obair còmhla ri buidhnean eile san roinn airson a shìor leasachadh agus airson an dòigh-obrach seo amalachadh nas doimhne sa phrògram airson fastadh òigridh againn san fharsaingeachd 's a' cur taic ri iomadachd nas motha ann an roinnean an nàdair.

Cunnartan agus Teagamhan

Is tric nach bi smachd againn air na prìomh chunnartan agus theagamhan a tha ro bheairteas-nàdair do dh'Alba san àm ri teachd. Tha an fheadhainn as cudromaiche dhiubh seo fhathast an lùib atharrachadh na gnàth-shìde agus a bhuidh air àrainnean agus gnèithean. Tha fuasglaidhean nàdarra riatanach airson freagairt ri atharrachadh na gnàth-shìde tro ìsleachadh sgaoilidhean 's atharrachadh. Tha barrachd aire eadar-nàiseanta air Èiginn na Gnàth-shìde 's tha cothrom againn nàdar a chur an teis-meadhan nam freagairtean ri atharrachadh na gnàth-shìde 's freagairt ri prìomh adhbhar air cùl call bith-iomadachd.

Tha ar cuid gnìomhan gan co-òrdanachadh tron Bhòrd Prògraim Atharrachadh na Gnàth-shìde againn. Am measg nan gnìomhan seo, tha dleastanas againn airson buaidh a thoirt air poileasaidhean nàiseanta a leithid Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde aig Riaghaltas na h-Alba agus a' Phrògraim Atharrachaidh agus ar cuid obrach air glacadh carbain air talamh-mòine a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta. Bidh sinn a' moladh nam buannachdan an cois fhuasglaidhean nàdarra airson freagairt ri atharrachadh na gnàth-shìde agus a' cur grunn gnìomhan an sàs airson an t-amas againn air sgaoilidhean co-ionann ri neoni a choileanadh bho ar cuid obrach. Tron bhliadhna leasaich sinn prògram fad-ùine mu choinneamh cothromachadh carbain.

'S e prìomh chunnart a th' ann an call bith-iomadachd fhathast. Ann an 2021 chleachd sinn ar cuid buaidh 's thog sinn aire 's ùidh airson toirt air luchd-ùidhe ceumannan a ghabhail airson call bith-iomadachd a lùghdachadh 's a dhol am bad a' chùis-èiginn. Tha an obair againn tron bhliadhna còmhla ri Riaghaltas na h-Alba air Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba às dèidh 2020 a leasachadh agus sinn a' sònrachadh thoraidhean 's mheatraigean iomchaidh airson an cuid dèanadais a thomhas an cois a bhith a' cur stad air call bith-iomadachd na h-Alba. Thèid an ro-innleachd fhoillseachadh san Dàmhair 2022.

Aig toiseach 2021 bha an lèir-sgaoileadh a dh'adhbhraich Covid-19 fhathast na chunnart mòr eile. Mar a chaidh sinn tron bhliadhna, lean sinn stiùireadh Riaghaltas na h-Alba agus beag air bheag dh'fhosgail sinn oifisean nuair a bhathar am beachd gun robh e sàbhailte sin a dhèanamh, a rèir bhacaidhean a bha an sàs aig an àm. Thugadh a-steach aonta nas fhoirmeile air dòighean-obrach ùra agus tha luchd-obrach ag obair gu ioma-dhòigheach eadar an oifis 's an taigh. Lean an dòigh-planaidh 90 latha againn agus tha na fuasglaidhean IT a tha a' cumail taic ris a' mhodh ioma-dhòigheach gar fàgail nar buidheann sgiobalta 's mhothachail mu choinneamh suidheachadh a tha a' sìor-atharrachadh.

Tha sinn air aire a chumail air taobhadh ris a' mhiann bhrannaidh ro-innleachdail againn fhad 's a bha sinn a' leasachadh plana corporra ùr 's abachd chunnartan ùr airson a thoirt gu buil. Tha sinn practaigeach còmhla ris na com-pàirtichean againn air na ghabhas a choileanadh 's sinn a' lasachadh a' chunnart gum milleadh cliù lag leantainneach ar cuid comais obrachadh gu h-èifeachdach. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gun tèid sinn an sàs gu soilleir ann an còmhraidhean 's co-dhùnaidhean.

Tha na cunnartan seo air an riaghladh mar phàirt den chlàr chunnartan corporra. Tha iad air an ath-sgrùdadh gach ràith leis an Sgioba Stiùiridh agus Comataidh Sgrùdaidh 's Cunnairt againn, agus bidh am Bòrd againn ag ath-sgrùdadh nan cunnartan aig an ìre as àirde a chunnart. Tha sinn daonnan a' sireadh leasachaidhean a thaobh abachd nan cunnartan againn 's sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn mothachail air cunnartan a tha ag èirigh. Thèid ar càil chunnartan ùr a dhèanamh ann an 2022/23. Neartaichidh sinn seo air feadh na buidhne, a' cur gnìomhan an sàs airson an clàr chunnartan 's chothroman nas gnìomhaiche, agus a' cumail oirnn le barrachd sgrùdaidhean mionaideach a dhèanamh air na cunnartan corporra fad-ùine againn.

Tha na Pàipearan Air Cunnartan a thèid don Chomataidh In-sgrùdaidh 's Chunnartan agus don Bhòrd rim faotainn le iarrtas.

A' coimhead Air Adhart 's Planaichean Ri Teachd

Chaidh Co-labhairt nam Partaidhean (CoP) 26, àrd-choinneamh nan Dùthchannan Aonaichte air atharrachadh na gnàth-shìde, a chumail san Dàmhair 2021 agus chuir e an cèill Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde le cuideam air libhrigeadh. Tha lùghdachaidhean bliadhnail de 10% no barrachd (bho 2022 air adhart) a dhìth airson targaid lùghdachaidh de 75% a choileanadh ro 2030 – an coimeas ri 2-3% gach bliadhna san 20-30 bliadhna mu dheireadh. Tha atharrachadh cleachdadh an fhearainn (=nàdar) an cois mu 40% den dùbhlán seo. Bidh CoP 15, Co-labhairt Bith-iomadachd, ga chumail ann an 2022 agus bidh i a' cur an cèill Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba. Tha dùbhlán a cheart cho mòr 's cho èiginneach ri coileanadh targaid lùghdachaidh 75% do dh'atharrachadh na gnàth-shìde an cois a bhith a' cur car ann an cromadh bith-iomadachd ro 2030.

Mar a ghluaiseas sinn tron bhliadhna 's a-steach gu 2023, tha clachan-mìle poilitigeach ann dhan àrainneachd a phutas sinn a dh'ionnsaigh ar amais gum bi beairteas nàdar againn uile san àm ri teachd.

- **Bile na h-Àrainneachd Nàdarra (2023)** – a' gabhail a-steach roinntean dìon 30x30, lionraidhean nàdar, targaidean nàdar reachdail, cuimseachadh air cùisean ro-innleachdail fad-ùineach leithid slàinte eag-siostaim 's ùire, comas-ceangail, pàircean nàiseanta
- **Bile Sunnd is Leasachaidh Seasmhaich (às dèidh 2022)** – dh'fhaodadh Bile Chuimreach Ginealaichean An Ama Ri Teachd buaidh a thoirt air cothromachadh carboin 's mathas do nàdar na teis-meadhan
- **Bile Ath-leasachadh an Fhearainn (às dèidh 2022)** – a dhol am bad sgèile 's dùmhlachd seilbh fearainn dùthchail 's bailteil air feadh na h-Alba

Tha nàdar ann an èiginn agus mar fhreagairt feumaidh sinn prìomhachas a chur air ar n-obrach an cois dìon 's leigheas nàdar 's spèis a thoirt dha. Bidh ar n-amas a' neartachadh an dìon air a' bhith-iomadachd a th' againn, a' cur stad air call bith-iomadachd ro 2030 agus a' leigheas nàdar ro 2045. Nì sinn cinnteach gu bheil luach nàdar ri fhaicinn air feadh poileasaidh nan roinnean poblach 's prìobhaideach, mar bhun-stèidh air cùram do nàdar 's maoineachadh a dh'ionnsaigh eaconamaidh soirbheadais. Chaidh am plana corporra ùr againn **2022-2026 Nàdar Bearrteach Dhuinn Uile** fhoillseachadh sa Ghiblean 2022. Tron phlana, tha sinn ag amas air na prìomhachasan seo, a' cur cuideam air adhbhar NàdarAlba a' ceangal dhaoine 's nàdar, tro ghnìomhan brosnachail airson a dhol am bad na cùis-èiginn nar saoghal nàdarra, a chionn 's gu bheil ar beatha, 's beatha nan ginealaichean ri teachd, an eisimeil air.

Libhrigidh sinn seo le bhith a' sgaòileadh ar cuid eòlais air leigheas nàdar, a' gabhail cùram do nàdar airson 's gum bi e ann do ghinealaichean an ama ri teachd agus a' ceangal dhaoine 's nàdar airson gun gabh a h-uile duine ceumannan a dhol am bad na cùis-èiginn nar saoghal nàdarra. Cuidichidh an gluasad gu modh-obrach ioma-dhòigheach cruth-atharrachadh ar buidhne agus libhrigidh e na prìomhachasan seo tro fhrèam-obrach dealbhaidh bhuidhneil anns a bheil trì raointean mòra: modal obrach ùr, daingneachd 's slàinte nas fheàrr agus comas ceannardais nas fheàrr.

Bidh an t-slighe a chuireas sinn romhainn sa bhliadhna air thoiseach oirnn air leth cudromach 's sinn a' tilleadh an dèidh Covid-19. Cùmaidh sinn taic ri slànachadh uaine anns a bheil carbon ìosal, èifeachd ghoireasan 's ion-ghabhaltas sòisealta.



Machair.

Geàrr-chunntas ionmhasail, àrainneachdail 's sòisealta

Dèanadas ionmhasail

Buidseat agus maoin eachadh airgid

Bithear a' tighinn gu aonta air buidseat le Riaghaltas na h-Alba (air a bheil Crìoch Chosgaisean Roinneil no DEL). Tha cosgaisean airgid an lùib seo, anns a bheil cosgaisean càrnte (calpa 's obrach), glan de dh'ionmhas à tobraichean eile leithid teachd a-steach an lùib ghnìomhan, cosgaisean neo-airgid an lùib dìmeis, luach chrìonaidh agus luach-isleachadh.

Tha am buidseat bho Riaghaltas na h-Alba agus ath-obair a' bhuidseit tro 2021/22 ga shealltainn sa chlàr gu h-ìosal:

| Seòrsa buidseit | Gnìomh Gach Buidseit £000 | Ath-obair buidseit taobh a-staigh na bliadhna £000 | Buidseat deireannach do 2021/22 £000 |
|----------------------------|------------------------------|-------------------------------------------------------|-----------------------------------------|
| Goireas DEL | 45,609 | 5,443 | 51,052 |
| Goireas neo-airgid DEL | 2,150 | - | 2,150 |
| Goireas DEL Iomlan | 47,759 | 5,443 | 53,202 |
| Calpa DEL | 2,450 | 14,610 | 17,060 |
| Buidseat DEL Iomlan | 50,209 | 20,053 | 70,262 |

Bha suim chuibhrichte de £45.609m ri pàigheadh do JNCC an lùib an fhigeir de £1.019m ann an Achd a' Bhuidseit airson Goireas DEL.

Tha na h-ath-sgrùdaidhean buidseit cuibhrichte taobh a-staigh na bliadhna de £20.053m co-cheangailte ri:

- £9.390m gu ath-stèidheachadh talamh-mòintich;
- £5.000m gu maoin leigheas nàdair;
- £1.950m gu maoin nan àitichean nas fheàrr;
- £2.000m gu maoin dùbhlain bith-iomadachd;
- £0.750m gu stiùireadh nan tèarmann nàdair nàiseanta;
- £0.500m gu iomairt pròiseact nam Meanbh-Choille;
- £(1.500)m cuibhrinn NàdarAlba mar thaic do Phrògram Leasachaidh Dùthchail na h-Alba;
- £1.500m gu obair air Prògram Paidhleit Calpa Nàdarra;
- £0.463m gu maoin eachadh caochladh iomairtean eile

Bha na h-ath-sgrùdaidhean buidseit taobh a-staigh na bliadhna de £20.053m nas àirde na 2020/21 (£7.233m) gu ìre mhòr air sgàth maoin ùra a chruthaichheadh ann an 2021/22.

Chaidh buidseat de £0.109m ceangailte ri Cosgaisean Stiùirichte Bliadhnaile (AME) a liubhairt le Riaghaltas na h-Alba. A thaobh obair NàdarAlba, tha còmhachadh buidseit ann airson solar ùr sam bith, cuid a dh'atharrachaidhean air solar, cis corparaid agus cuideachd crìonadh-luach co-cheangailte ri atharrachaidhean an luachan bheairteasan air sgàth mhargaidhean caochlaidich. Ann an 2021/22, tha crìonadh-luach de £0.177m, stèidhichte air luachadh aig astar air talamh 's togalaichean, an cois cosgaisean AME.

Tha na cunntasan ionmhasail le toraidhean na bliadhna a' tòiseachadh air duilleig 75.

Tha e mar riatanas oirnn gun stiùirich sinn an tionndadh a-mach againn a rèir crìochan buidseit Riaghaltas na h-Alba:

- Ann an 2021/22, chaidh crìoch buidseit DEL a stèidheachadh aig £70.262m. Tharraing NàdarAlba cosgaisean iomlan de £64.870m mu choinneamh na crìche seo, agus fo-chosg de £3.938m (2020/21: £1.710m fo-chosg), mar thoradh air sin, às dèidh cead airson fo-chosg de £1.454m fhaighinn. Tha seo air a sgrùdadh mar a leanas:
 - Fo-chosg de £1.476m mu choinneamh buidseat neo-cuibhrichte Goireas DEL de £51.052m, anns a bheil £0.968m mu choinneamh gluasad fòrlaidh tàrmaichte
 - Fo-chosg de £1.453m mu choinneamh buidseat cuibhrichte Calpa DEL Peatland Action de £6.710m
 - Fo-chosg de £0.646m mu choinneamh buidseat cuibhrichte Calpa DEL Maoin Leigheas Nàdair de £5.000m
 - Fo-chosg de £0.248m mu choinneamh buidseat cuibhrichte Calpa DEL Maoin Dùbhlain Bith-iomadachd de £1.700m
 - Tar-chosg de £0.098m mu choinneamh buidseat Calpa DEL thoglaichean, innealan 's uidheamachd, so-mhaoinean do-bheantainn 's dualchais de £1.450m
 - Fo-chosg de £0.240m mu choinneamh a' chòrr de bhuidseat Calpa DEL
- B' e an tionndadh a-mach mu choinneamh buidseat AME tar-chosg de £0.111m. Bha seo gu ìre mhòr air sgàth buaidh àrdachadh luachaidh bho ath-luachadh eadar-amail aig astar de thoglaichean, innealan agus uidheamachd a rinneadh ann an 2021/22.

Bha buidseat airgid againn de £68.112m (Goireas 's Calpa DEL) agus tharraing sinn a-nuas £64.408m den chuibhreann seo. Tha an t-eadar-dhealachadh de £3.704m a' riochdachadh fo-chosg co-cheangailte ri eacarsaich sàbhailidhean taobh a-staigh na bliadhna a chaidh a h-aontachadh agus fo-chosg aig Peatland Action, Maoin Leigheas Nàdair, GovTech agus pròiseactan eile anmoch sa Ghearran 2022 nuair a chuireadh an t-iartras airson a' chuibhrinn mu dheireadh ann an 2021/22 a-steach do Riaghaltas na h-Alba.

Fìor-iomlan 2021/22

Tha am fìor-iomlan an aghaidh buidseit 2021/22 ga shealltainn sa chlàr gu h-ìosal:

| | Fìor-iomlan £000 | Buidseat £000 | Fo-chosg Aontaichte ¹ £000 | (Fo)/ Tar-chosg £000 |
|-----------------------------------------------------------------|---------------------|------------------|---------------------------------------------|----------------------------|
| Cosgaisean iomlan a rèir chunntasan | 63,119 | - | - | - |
| Atharrachaidhean cosgais/teachd a-steach air adhbharan buidseit | (14,297) | - | - | - |
| Cosgaisean obrachaidh airgid | 48,822 | 51,052 | (754) | (1,476) |
| Cosgaisean obrachaidh neo-airgid | 1,627 | 2,150 | (550) | 27 |
| Cosgaisean goireas DEL | 50,449 | 53,202 | (1,304) | (1,449) |
| Cosgaisean calpa DEL | 14,421 | 17,060 | (150) | (2,489) |
| Fìor-iomlan an aghaidh Buidseat DEL | 64,870 | 70,262 | (1,454) | (3,938) |
| Ìsleachadh ath-luachaidh | 177 | - | - | - |
| Ìsleachadh an lùib sholaran | (120) | - | - | - |
| Ìsleachadh an lùib sholaran seòrsaichte mar DEL | 35 | - | - | - |
| Crìonadh calpa ris an robhar an dùil | 29 | - | - | - |
| Cis corparaid | 33 | - | - | - |
| Fìor-iomlan an aghaidh Buidseat AME | 154 | 109 | - | 45 |

¹ Bha fo-chosg de £1.454m aontaichte le Riaghaltas na h-Alba agus tha seo ga thoirt air falbh bhon fhìor-iomlan a dh'èirich do bhuidseatan Goireas 's Calpa DEL aig deireadh na bliadhna ionmhais.

| Notaichean air fìor-iomlan buidseit | £000 |
|---------------------------------------------------------------------------------------|----------|
| Atharrachaidhean cosgais air airgead obrachaidh | |
| — dimeas agus luach-chronadh | (1,627) |
| — àrdachadh ath-luachaidh air togalaichean, innealan agus uidheamachd | (177) |
| — tabhartasan calpa, seòrsaichte mar chalpa | (12,874) |
| — teachd a-steach a' maoineachadh so-mhaoinean calpa a cheannach | 408 |
| — ìsleachadh an lùib sholaran | 54 |
| — cosgaisean an lùib sholaran | 66 |
| — tabhartas cuideachaidh calpa | (50) |
| — ìsleachadh an lùib sholaran, seòrsaichte mar DEL | (35) |
| — crìonadh calpa ris an robhar an dùil, seòrsaichte mar AME | (29) |
| — cosgaisean cis corparaid, seòrsaichte mar AME | (33) |
| | (14,297) |
| Cosgaisean obrachaidh neo-airgid | |
| — dimeas agus luach-chronadh | 1,627 |
| | 1,627 |
| Meudachadh calpach agus teachd a-steach | |
| — oighreachd, togalaichean, innealan agus uidheamachd agus so-mhaoinean do-bheantainn | 2,047 |
| — teachd a-steach a' maoineachadh so-mhaoinean calpa a cheannach | (408) |
| — tabhartas calpa, seòrsaichte mar chalpa | 12,874 |
| — luach fìor-iomlan air cuidhteasan ghoireasan | (142) |
| — tabhartas cuideachaidh calpa | 50 |
| | 14,421 |

B' e £4.550m (2020/21: £2.664m) an teachd a-steach an lùib thachartasan. Bha an t-àrdachadh seo gu ìre ri linn atharrachadh san dòigh ris am bithear a' dèiligeadh ri maoinean structarail (**nota 11**), an tuilleadh teachd a-steach bho sheirbheisean co-roinnte agus maoineachadh do phròiseactan leantainneach 's ùra.

Am measg na chuireadh ri goireasan calpa mòra bha:

| | |
|-----------------------------------------------------|---------|
| — Ùrachadh charbadan, carbadan dealain nam measg | £0.455m |
| — Tasgadh ann an toglaichean 's uidheamachd nan NNR | £0.720m |
| — Bun-structar siostaman fiosrachaidh | £0.178m |
| — Tasgadh ann an teicneòlas ath-nuadhachail | £0.214m |

Bha iomlan làithreach so-mhaoinean de £2.832m aig NàdarAlba aig 31 Màrt 2022 (2020/21: iomlan làithreach so-mhaoinean de £1.605m). Tha an t-àrdachadh seo mar thoradh air ìrean nas àirde de dh'airgead agus so-mhaoinean aig 31 Màrt 2022 – sgrùdadh a bharrachd ann an **notaichean 19** agus **20**.

So-sheasmhachd Ionmhasail

Chan eil am prìomh mhaoinachadh taic air gluasad o chionn beagan bhliadhnaichean ach tha cothroman maoineachaidh ùra air nochdadh a chumas taic ris na h-amasan againn. Thathar an dùil gum fàs iad seo tuilleadh sna bliadhnaichean ri teachd. Bidh sinn a' lasachadh na buaidh seo 's sinn ag ullachadh plana ionmhais fad-ùine anns a bheil planaichean ro dhiofar shuidheachaidhean anns a bheil àrdachaidhean 's gearraidhean don phrìomh thabhartas maoineachaidh 's sruthan teachd a-steach eile. Thèid dòighean eile a shònradh far an urrainn dhuinn na cosgaisean againn a lùghdachadh 's amasan a' Phlana Chorporra a thoirt gu buil tron mhaoinachadh againn ann an dòighean-obrach nas fheàrr agus beum air phrìomhachasan obrach.

Sàr Luach

Tha e fa-near dhuinn sàr luach a liubhairt a rèir stiùireadh Riaghaltas na h-Alba air Sàr Luach na Seirbheis Poblach agus an stiùireadh reachdail ath-sgrùdaichte air sàr luach (2020).

A' cumail ri prionnsabalan air sàr luach, bidh sinn a' coileanadh seo tro:

- am plana corporra, plana gnìomhachais 's planaichean 90 latha againn a tha gu soilleir a' cur an cèill ar lèirsinn agus ar dreuchd ceannardais air call bith-iomadachd agus a' stiùireadh fuasglaidhean air atharrachadh na gnàth-shìde a tha stèidhte air nàdar
- ar cuid riaghlaidh 's cunntalachd, a chithear san structar stiùiridh, na poileasaidhean agus sa cheannardas againn, anns a bheil stiùireadh 's aithriseachd shoilleir, cho math ri siostaman daingeann airson co-dhùnaidhean, buidseatan agus làimhseachadh cunnairt a thoirt gu buil
- stiùireadh dèanadais, a tha ga leantainn tron bhliadhna agus ga aithris gach ràithe dhan Sgioba Cheannardais agus dhan Bhòrd airson dearbhadh gu bheil sinn a' coileanadh thargaidean 's builean ceangailte ri Frèam-obrach Dèanadais Nàiseanta agus Prògram an Riaghaltais
- an dòigh-obrach againn an lùib riaghladh ghoireasan 's sinn a' cumail oirnn a' sgrùdadh teachd a-steach, caiteachas 's in-ionmhas calpa ris a bheilear an dùil, a' dèanamh an fheum as motha de dh'èifeachdasan an cois solair, agus mar a chleachdas sinn na daoine, toglaichean, fearann 's teicneòlas againn anns an dòigh fheàrr airson an cuid builean a libhrigeadh
- an dòigh-obrach againn an lùib com-pàirteachais, a tha mar bhun-stèidh air gach rud a nì sinn, 's sinn a' com-pàirteachadh le iomadh buidheann eile
- Trèanadh 's stiùireadh leasaichte air atharrachadh na gnàth-shìde do cho-obraichean agus toirt a-steach a' phlana againn air cothromachadh carboin airson a bhith cinnteach gu bheil seasmhachd an cois ar cleachdaidhean solair, cleachdadh èifeachdach ar n-oifisean, agus dòighean-soibhail 's mar a chleachdas sinn cumhachd
- an dòigh-obrach againn air co-ionannas 's urram san àite-obrach, a tha nam bun-stèidh air ar cuid luachan 's dòighean-giùlain, an dà chuid a thaobh mar a bhios sinn a' dèiligeadh ri luchd-obrach agus mar a bhios sinn a' stiùireadh a' ghnìomhachais

In-ghabhaltas Sòisealta

Tha e na phrìomhachas do NàdarAlba a bhith air cheann leigheas nàdair ann an Alba, gun a bhith a' fàgail coimhearsnachd sam bith air dheireadh agus a bhith a' co-roinneadh nam buannachdan gu cothromach. Airson seo a choileanadh, tha sinn airson daoine a bhrosnachadh gus ceangal a dhèanamh ri nàdar, ag àrdachadh sùim nàdair tro libhrigeadh 's chonaltradh buadh-mhor ar n-obrach. Ro 2030, 's e ar n-amas gum bi ceanglaichean làidir fad-beatha eadar daoine 's nàdar.

Tha ar cuid obrach le buidhnean 's coimhearsnachdan a tha a' fulang ana-chothrom air leantainn tro 2021/22 's sinn a' feuchainn ri cur às do chuid de na cnapan-starra eadar daoine 's nàdar. Tha cuid de na prìomh sgeulachdan rim faicinn gu h-ìosal.

Dh'ath-sgrùdaich sinn cothroman gus co-ionannachd, iomadachd 's in-ghabhaltas àrdachadh anns gach prìomhachas a thogas ceann is sinn a' leasachadh amasan a' phlana corporra ùir againn. Cuidichidh seo sinn ris a' mhiann againn airson nàdar a dhìon 's a leigheas 's airson spèis a chur ann mar phàirt de dh'àrd-phrìomhachasan Riaghaltas na h-Alba an cois dèiligeadh ri cùis-èiginn na gnàth-shìde, bochdainn cloinne a lùghdachadh agus slànachadh às dèidh Covid-19.

Bidh sinn a' cleachdadh fianais airson ar stiùireadh 's sinn a' stèidheachadh 's a' libhrigeadh nam builean againn. Tha na **sgrùdaidhean nàiseanta** againn a' cruinneachadh dàta air buidhnean glèidhte 's a' sealltainn nach eil daoine nas sine, daoine a tha a' fuireach sna sgìrean as bochda, daoine de mhion-shluagh cinnidheach agus daoine le tinneas maireannach no ciorram air an riochdachadh a thaobh thursan air a' bhlàr a-muigh. A rèir an rannsachaidh againn, tha sinn air beagan adhartais a dhèanamh bho 2012 a thaobh barrachd com-pàirteachaidh am measg dhaoine nas sine na 65 agus dhaoine anns na sgìrean as bochda. Ach chan eil uiread a dh'fhianais ann airson innse gu bheil atharrachadh mòr ann a thaobh com-pàirteachadh am measg dhaoine de mhion-shluagh cinnidheach no dhaoine air a bheil tinneas maireannach no ciorram.

Rinn cùis-èiginn Covid-19 na h-ana-chothroman buan seo nas nochdte. A rèir rannsachadh a rinn NàdarAlba anns a' chiad sia mìosan den lèir-sgaoileadh, rinn mòran daoine air a' bhlàr a-muigh 's bha iad an sàs na bu bhitheanta le nàdar aig an àm seo agus buaidh mhath air slàinte 's sunnd aig a' mhòr-chuid air sàillibh seo, gu h-àraid air slàinte-inntinn. Ach chuir an rannsachadh beum air an ana-chothrom a thaobh cothroman air gàrraidhean 's raointean math uaine a chleachdadh a tha ann fhathast gu h-àraid am measg inbheach nas òige, dhaoine nach eil cho beairteach agus dhaoine air a bheil tinneas no ciorram maireannach. Tha an rannsachadh air atharrachadh dòigh-beatha tron ghlasadh air cur ris an iomairt chonaltraidh 's chom-pàirteachaidh againn **Dèan Àite Dha Nàdar** agus am maoineachadh againn bhon taobh a-muigh airson taic a chumail ri còrr 's 500 coimhearsnachd ionadail 's iad a' toirt nan àitichean uaine 's gorma ionadail aca am feabhas.

Lean na cothroman com-pàirteachaidh anns na Tèarmainn Nàdair Nàiseanta againn ach chuir buaidh Covid-19 bacadh air an uiread de chothroman a b' urrainn dhuinn tabhann. Am measg a' bhun-structair a mhaoinich sinn, leasaich sinn a' phàirc-chàraichean aig Tèarmann Nàdair Nàiseanta St Cyrus, falachan-eun ùr an àite an t-seann fhir aig Tèarmann Nàdair Nàiseanta Loch Liobhann agus an t-slighe fiodha a shineadh aig Tèarmann Nàdair Nàiseanta Mòine Blawhorn. Chuir gach leasachadh cuideam air cothroman so-ruigsinneachd.

Bha sinn a' co-obrachadh le com-pàirtichean a leithid prògram **Backbone CIC Our Natural Heritage programme, Paths for All, TCV Scotland, Volunteering Matters** agus **Urras Iain Muir** agus lean ar cuid maoineachaidh air grunn phròiseactan a tha ag amas air buidhnean mion-sluaigh no le cion riochdachaidh. Tha grunnan de na maoinean làthaireach air an taobh a-muigh ag amas air ceangal eadar daoine 's nàdar agus tha iad a' cur prìomhachas air coimhearsnachdan 's buidhnean air an iomall a leithid nam maoin **Taic Ro-innleachdail Bun-structair Uaine (GISI), Maoin Slighean an Ama Ri Teachd,** agus **Maoin Dualchais Nàdarra is Cultaraich.**

Tha fear de na pròiseactan GSI ann am Malls Mire ann an Toryglen far a bheil carthannas àrainneachdail choimhearsnachd *Urban Roots* ag obair ann an com-pàirteachas ri *Clyde Gateway* 's iad a' dol an sàs ann an draghan ceartais àrainneachdail aig coimhearsnachd a bh' air a cuairteachadh fad ùine le talamh 's togalaichean fàsaichte, dì-dhaoineachadh agus àitichean uaine ann an droch stait.

<https://www.nature.scot/funding-and-projects/green-infrastructure-strategic-intervention/projects/gi-fund-projects/malls-mire>

Lean sinn air cheann a' phrògram **Ar Seirbheis Slàinte Nàdarra (ONHS)** cuide ri com-pàirtichean a leithid Slàinte a' Phobail an Alba, Coilltearachd na h-Alba agus Còmhdhail Alba. 'S e prìomh amas a' phrògram a bhith a' leudachadh na chuireas nàdar 's àitichean uaine na h-Alba ri fuasglaidhean an cois prìomh chùisean slàinte, cùraim shòisealta 's slàinte phoblaich. Mar phàirt de dh'ONHS, lean na ceithir Com-pàirteachasan Slàinte Uaine (GHP) a chaidh a stèidheachadh ann an Siorrachd Lannraig, Dùn Dè, Siorrachd Àir a Tuath agus air a' Ghàidhealtachd. Chùm iad taic ri barrachd cleachdaidh den bhlàr a-muigh le daoine a tha a' fulang ana-chothroman slàinte. Mar eisimpleir tha **pròiseact lusan coimhearsnachd** ann an Siorrachd Lannraig agus seiseanan **Trail Therapy** ann an Dùn Dè agus Siorrachd Lannraig a Deas a tha ag obair le daoine a tha a' fulang thrioblaidean slàinte-inntinn anns a' choimhearsnachd no ann an ospadalan.

Anns an Ògmhios 2021 dh'fhastaich sinn Preantasachd Co-aontach tron **2027 Prògram Co-aontach** airson coimhead air mar a ghabhas in-ghabhaltas fhighe a-steach dha na maoin aca. Shònraich an obair sin plana gnìomha airson dòigh-obrach nas in-ghabhaltais a leasachadh an cois farsaingeachd 's buileachadh ar sruthan maoin eachaidh.

Shònraich ciad mheasadh NàdarAlba air dreuchdan nàdair ann an 2020 agus aithisg Backbone CIC air **Changing Landscapes Actioning Change** ann an 2021 cion dhreuchdan aig daoine a bhuineas ri mion-shluagh cinnidheach ann an roinn an nàdair. Tha an dìth-iomadachd seo ri faicinn san sgioba-obrach againn fhìn, a tha sa mhòrchuid geal. Chaidh sinn ann an com-pàirteachas ri CEMVO airson prògram Cinnidheachd ann an Nàdar a leasachadh agus greisean-obrach 's meantoradh a thabhann do dhaoine òga bho mhion-shluagh cinnidheach aig NàdarAlba (*faicibh an sgrùdadh-cùise*). Tha sinn a' cumail oirnn a' brosnachadh buidhnean com-pàirteachais air feadh ar roinne an aon rud a dhèanamh.

Leasachadh Seasmhach agus Cothromachadh Carboin

Ann an 2021/22 bha sgaoilidhean carboin tuairmsichte againn de 671 tunna CO₂.²

Tha seo 14% nas àirde na a' bhliadhna an-uiridh (591 tunna CO₂). Ged a chaidh cleachdadh heileacoptair sìos beagan, chaidh sgaoilidhean siubhail agus thoglaichean am meud. Chaidh sgaoilidhean siubhail an àrd beagan – gu ìre mhòr ri linn cleachdadh carbadaid an luchd-obrach nuair a thòisich a' siubhail a-rithist (cleachdadh còmh-dhail phoblaich aig ìre ìosal fhathast air sgàth ar comhairle airson a seachnadh – thogadh seo sa Ghiblean 2022). Tha àrdachadh ann an sgaoilidhean togalaich gu ìre mhòr ri linn sgeama dealain-uisge nach do dh'obraich aig a làn-chomas tron bhliadhna.

Tha sinn air leantainn oirnn le bhith a' toirt a-steach chàraichean 's bhanaichean dealanach an àite carbadaid peatrail 's dìosail agus sinn a' sùileachadh gum bi iad gu lèir dealanach ro 2025 (aig an àm seo tha 69% de na càraichean 's bhanaichean againn dealanach, agus thathar a' sùileachadh gun èirich seo a-rithist ro dheireadh 2022/23). Tha seo a' tighinn a rèir targaid Riaghaltas na h-Alba airson deireadh a chur air ceannach chàraichean is bhanaichean peatrail. Chan eil sgaoilidhean pioba-traoghadh sam bith aig carbadaid dealanach. Tha sinn cuideachd a' cumail oirnn le bhith a' toirt a-steach àiteachan teàirrsidh do carbadaid dealanach agus tha iad againn a-nis aig 47% (17) de làraichean far a bheil NàdarAlba stèidhichte. Ann an 2021/22 thug sinn a-steach àiteachan teàirrsidh ann an Uibhist a Deas, Steòrnabhagh, Loch Liobhann agus Bruach Chluaidh agus thòisich obair air àiteachan teàirrsidh ann an Goillspidh, Ceann Loch Iù agus Carnas Mòr.

Airson togail air ar cuid soirbheis thuige seo le teicneolas ath-nuadhachail, dh'fhaostaich sinn *Renewable Energy Consultants* 's sgrùdaich iad na togalaichean againn feuch an gabhadh an tuilleadh stàladhean no teicneolas ùr a chur annta. Fhuair sinn 24 aithisgean air ais. Thathar cuideachd air molaidhean bho Theisteanas Dèanadas Cumhachd agus siostaman togalaich a tha a' tighinn gu ceann a chur fo dheuchainn agus thugadh reatadh RAG do gach àite airson mion-fhiosrachadh a thoirt seachad a thaobh èifeachdas 's cothroman cumhachd air feadh na h-oighreachd againn.

Thatthar air in-ìomhas luach £2.7m ann an teicneolas ath-nuadhachail a shònrachadh, agus tha seo san amharc thairis air 10 bliadhna. Dh'fhaodadh isleachadh carboin co-ionann ri 161tCO₂ aig a' char as lugha a bhith na chois. Chrìochnaich a' chiad bhliadhna den phlana seo le leasachadh ann an Rùm 's Eilean May air bataraidhean, ais-thionndairean 's siostaman PV ann an 2021/22. Tha ciad chomharran ann an Rùm a' sealltainn gu bheil isleachadh cleachdadh connaidh de co-dhiù 50% ann. Dh'aontaicheadh buidseat 2022/23 airson siostam PV Ghoillspidh a leudachadh 's sgaoilidhean carboin na h-oifis seo a dhèanamh co-ionann ri neoni, agus tha leudachadh PV 's bataraidhean ùra san amharc aig Taigh a' Ghlinne Mhòir airson sgaoilidhean ar prìomh oifis isleachadh.

Tha cothroman fhathast ann oifisean a cho-roinneadh 's pàirt a ghabhail ann an co-ionadan agus tha Riaghaltas na h-Alba an ceann grunnan phròiseactan a dh'fhaodadh tighinn gu buil. Tha sinn fhathast a' sireadh oifisean eile a leigeil leinn ar lorg-carboin isleachadh tro àitichean co-roinnte agus tha sinn a' cumail oirnn a' leasachadh Plana 10 Bliadhna le prìomhachasan 's grunnan phròiseactan san amharc. Chuireadh crìoch air imrich Fearann Coilltearachd na h-Alba a-steach gu Taigh a' Ghlinne Mhòir ann an 2021/22 agus thathar a' dèiligeadh ri iarrtasan eile a thaobh àitichean eile san oifis seo.

Dh'fhoillsich sinn a' chiad phlana *Net Zero* againn tron t-samhradh 2021 - <https://www.nature.scot/doc/naturescot-net-zero-plan>

'S e am Plana seo lèirsinn NàdarAlba air mar a choileanas sinn ar n-amas *Net Zero* ro 2035. Tha targaid againn mar-thà de sgaoilidhean co-ionann ri neoni a ruighinn ro 2040 ach tha sinn air ceann-latha nas giorra a chur romhainn fhìn de cho-ionann ri neoni ro 2035. Feumaidh freagairtean air cùisean-èiginn nàdair 's atharrachadh na gnàth-shìde gnìomhan aig a h-uile ìre, bhon phoileasaidh as àirde gu gnìomhan choimhearsnachdan, bhuidhnean leithid NàdarAlba agus daoine fa leth. Tha am plana *Net Zero* againn a' sònrachadh deisealachadh NàdarAlba airson a phàirt aige a ghabhail anns a' chruth-atharrachadh seo gus an ruig Alba

2 Dàta stèidhichte air fiosrachadh a bha ri fhaotainn sa Chèitean 2022. Na chois am-bliadhna tha tuairmean nuair nach robh dàta ri fhaotainn air sgàth buaidh Covid-19. Tha na figearan stèidhichte air factaran-atharrachaidh 2020/21 air sgàth 's nach eil factaran 2021/22 rim faotainn fhathast. Bidh na figearan deireannach ann an Aithisg Dleasan Atharrachadh na Gnàth-side a thèid fhoillseachadh san t-Samhain 2022.

na targaidean mionaideach 's riatanach a stèidhich an Riaghaltas.

Tha sinn a' cur romhainn ar plana *Net Zero* ath-sgrùdadh 's a ghleusadh a rèir an leasachaidh leantainn, stiùiridh 's phlanaichean a thig bho Riaghaltas na h-Alba 's eile. Cha bhi 'dreach deireannach' againn gu siorraidh a chionn 's gum bi e fo sgrùdadh fad an t-siubhail.

Lean bacaidhean an lèir-sgaoilidh tron bhliadhna agus ged a dh'fhosgail cuid a dh'oifisean a-rithist, chùm a' mhòrchuid de luchd-obrach orra ag obair bhon taigh, agus mar sin cha robh e nar comas pàirt a ghabhail anns a h-uile dùbhlán 's iomairt àbhaisteach. Ge-tà, ghabh sinn pàirt ann an cuid dhiubh agus bhrosnaich sinn luchd-obrach a bhith gnìomhach.

Eadar 25mh Dàmhair agus 21mh Samhain 2021 ghabh còig sgiobaidhean deug anns an robh suas ri còignear an urra bho NàdarAlba pàirt anns an '*Autumn Step Count Challenge*' aig *Paths for All*. Chaidh còrr 's 22 millean ceum a chlàradh le sgiobaidhean NàdarAlba. Chaidh 625,130,013 ceum a chlàradh uile gu lèir le 497 sgiobaidhean. Chuir *Paths for All*, carthannas coiseachd Albannach, an '*Step Count Challenge*' air bhog ann an 2011. Bidh iad a' brosnachadh coiseachd san àite-obrach airson Alba a bhios nas toilichte, nas fhallaine 's nas uaine. Bidh an dùbhlán a' toirt cothrom, taic 's spionnadh do luchd-obrach a bhith gnìomhach.

Anns a' Mhàrt 2022 ghabh sinn pàirt anns an *Scottish Workplace Journey Challenge*. 'S e inneal air loidhne a tha seo agus tha e saor 's an asgaidh clàradh air a shon. Bidh e a' leigeil le luchd-pàirteachaidh dùbhlán a chur romhpa fhèin no pàirt a ghabhail ann am farpais anns an àite-obrach. Chlàraicheadh a h-uile turas eadar 1-31 Am Màrt, ge bith an e coimiut àbhaisteach, turas dha na bùithean no cur-seachad, turas sgoile no obrach a bh' ann. Tha a' bheatha-obrach air atharrachadh gu mòr anns an dà bhliadhna mu dheireadh agus thathar air an dùbhlán a dhèanamh freagarrach ri obrachadh bhon taigh 's cothrom ann tursan ionadail bhon taigh a chlàradh airson na ciad uair.

Chriochnaich sinn san 4mh àite nar bhuidhinn, rinn sinn 172 cuairt, a' siubhail 762 mìle 's a' sàbhaileadh 22kg de sgaoilidhean CO₂. Chosg sinn 51,694 calaraidh agus shàbhal sinn £30.22, an coimeas ris na h-aon chuaritean a dhèanamh sa chàr.

Tha an obair againn air na sgaoilidhean carboin againn an cois a' **Phlana Net Zero** againn agus **Geallaidhean Atharrachadh na Gnàth-shìde**.

